

[C 1]

PARA PIOBAIRE
AGUS
SGEULAGHDAN EILE
Le IAIN BAN OG.

<eng>PETER THE PIPER
AND OTHER
HUMOROUS GAELIC READINGS
By JOHN WHYTE.<gai>

1/-

GLASCHO:
ALASDAIR MAC LABHRUINN 'S A MHIC,
360-362 SRAID EARRAGHAIDHEAL. C.2.

1925.

[TD 1]

PARA PIOBAIRE.

NAIDHEACHD EIREANNACH.

Tha naidheachd agam dhuit, agus tha i neònach; ach iongantach 's mar tha i, tha i cho fìor 's a tha e gu bheil mise am sheasamh ann an so, agus is breugach do 'n fhear a chuireas sin an ag:-Thachair an nì so ann an àm an àr-a-mach, an uair a bha na làithean fada samhraidh, coltach ri beatha iomadh òigeir grinn, air an gearradh goirid leis na laghannan a chaidh a thoirt a mach 'n ar n-aghaidh-laghannan nach ceadaicheadh do dhuine sam bith, math no dona, bhi mach air dorus an déidh claonadh feasgair; oir an uair a bha obair an latha thairis, cha robh a chridh' againn dol a ghabhail lan-beòil le caraid, no a dhannsadh le nigheanaig, ach dh' fheumadhmaid falbh dhachaidh, agus sinn féin a chrùbadh fo ghlais, agus gun chrann a thoirt bharr doruis gus an éireadh a' ghrian 's a' mhadainn.

Ach coma, gu tighinn gu m' naidheachd:-Am feadh a bha sinn, oidhche de na h-oichcheannan, 'n ar suidhe mu'n chagailt agus a' phoit-bhuntàta ag goil air an teine, agus na cuachan bainne làn, deas air son ar suipeireach chuala sinn buille aig an dorus. "Cuist," arsa m' athair, "sin agad na saighdearan oirnn a nis; tha eagal orm gu'm fac' iad aiteal an teine troimh na tuill a tha air an dorus. Chan eil math dhuinn a bhi cur mar fhiachaibh dhaibh gu bheil sinn 'n ar laighe-falbh, a Sheumais," thuirt e rium fhéin, "agus seall co tha ann; ach air do bheatha na fosgail an dorus do dhuine beò ach do na saighdearan agus feuch gu 'n slòg 's gu 'm breug thu iad mar is fèarr is urrainn duit."

Air so thug mi 'n dorus orm, 's gladhar, "Cò tha sin"? "Tha mise," thuirt am fear a bha mach. "Ach cò thusa"? arsa mi fhéin, "Nach eil

thu ga m' aithneachainn," ars' esan,—“do charaid, Para Piobaire?” “O shiorram 's a rìgh,” arsa mise, “ciod a thug an so thu mu 'n àm so dh’

[TD 2]

oidhche?” “Ma ta,” fhreagair Pàruig, “cha robh toil agam dol m’ an cuairt an rathad-mor, ghabh mi an t-ath-ghoirid, chaidh mi air seachran, agus sin agad ciod a chum anmoch mi.” “Cha ghabhainn,” arsa mise, “crùn an rìgh agus a bhi ann a’ d’ àite; oir tha fhios glé mhath agad fhéin gur e crochadh do chuibhrionn ma chithear a mach thu 's na h-amannan cruadha so.”

“Tha fhios agam gu math air sin,” fhreagair am piobaire, “Ni-math ga m’ dhìon! agus is e sin a chuir a so mi; leig a stigh mi air sgàth seann eòlais.” “O, air m’ fhacal,” arsa mise, “chan eil a chridh’ agam an dòrus fhosgladh air son an t-saoghail, mar is math tha fhios agad; agus ma bheireas na saighdearan ortsa tha do cheann an geall na’s fhiach e—théid do chrochadh cho cinnteach 's is e Pàruig is ainm dhuit.” “Gu 'n robh math agad,” ars' esan, “ach tha dòchas agam nach e sin is deireadh dhomh fhathast.” “Ma ta,” arsa mise, “rach agus falaich thu féin cho luath 's is urrainn duit, no 's i binn ghoirid 's teadhair fhada na gheibh thu bho na saighdearan—oir ceartas chan aithne do na slaigh-tirean agus tròcair chan eil aca!” “An tuille aobhair air son gu 'n leigeadh tu stigh mi, Sheumais,” arsa Pàruig bochd. “Is dìomhain duit a bhi a’ bruidhinn,” arsa mise, “chan fhaod mi an dorus fhosgladh. Thoir ort am bà-thigh cùl an tighe, far am bheil am mart, agus gheibh thu an sin dais chònlach air am faod thu cadal gu sonabheairteach—leaba a dh’fhoghnadh do fhear-fearainn, gun ghuth air piobaire.”

Air falbh ghabh Pàruig do 'n bà-thigh, agus gu fìor, ràinig e ar cridheachan a dhiùltadh, agus gu seachd sònraichte o 'n bha am buntàta bruich—agus cha bu sinn a bha riamh doicheadallach ri duine bochd a thàinig 'n ar caraibh. Coma co dhiu, chaidh sinn uile a laighe, agus neadaich Pàruig e féin am measg na cònlach anns a’ bha-thigh; agus a nis feumaidh mi innseadh dhuit mar a chaidh dha:—An déidh do Phàruig a bhi greis 'n a chadal, dhùisg e suas, agus a’ smaoineachadh gu 'n robh a’ mhadainn fada air a h-aghaidh,—ach is i a’ ghealach a thug an car as,—thog e air, oir bha toil aige bhi moch aig a’ bhaile b’fhaisge dha, do bhrìgh gu’n robh faidhir ri bhi ann air an latha sin, agus bha mhiann air uiread 's a b’ urrainn da de pheighinnean a chur cruinn air an fhéill. Cha robh

[TD 3]

anns an dùthaich m’ an cuairt piobaire a bheireadh bàrr air Pàruig.

Mar bha mi ag ràdh, thog e air a dhol thun na faidhreach, agus ghabh e frith-rathad troimh na h-achaidhnean, ach cha deachaidh e ach glé ghoirid air a thuras an uair a thachair callaid thiugh air, agus an uair a bha e 'g a shlaodadh féin troimhe agus a’ sgiolcadh a mach

air an taobh eile dhi thug e gleadhar le cheann air rud-eiginn a chuir tein'-athair as na sùilean aige. Dh' amhairc e suas-agus ciod a shaoileas tu bh' ann, Nì-math 'g ar dion!-ach corp duine, crochta air meangan craoibhe. "Fàilte na maidne dhuit, fhir a th' ann," arsa Pàruig, "cha bheag an clisgeadh a thug thu dhomh"; agus b' fhior dha sin, 's cha b' iongantach e.

A nis, is iad na reubalaich a chroch an duine truagh agus bha fhios aig Pàruig air so gu làn mhath, oir dh' aithnich e air a chulaidh co'n dream d' am buineadh e, "Air m' fhacal," arsa esan, "is eireachdail a' phaidhir bhòtainnean a tha air do luirgnean, agus is i mo bharaill nach cuir thu bheag a dh'fheum tuille orra; agus is nàrach ri ìnnseadh gu'm bithinn-sa-am piobaire is feàrr anns na seachd sgìreachdan-a' siubhal an rathaid le paidhir de sheann chóbuil bhròg orm nach togadh an diol-déirce is bochda 's an dùthaich as an dùnan." Rug Pàruig air na bòtainnean agus thòisich e air an slaodadh dheth, ach dheth cha tigeadh iad; mu dheireadh thug e thairis dhiubh agus bha e brath togail air, an uair a thug e an ath shùil air na bòtainnean àlainn, 's chuir e roimhe gu 'm biodh iad aige, dheòin no dh' aindeòin. Thug e mach sgian mhòr, gheur, agus gheàrr e na luirgnean bhàrr a' chuirp, chàirich e 'n a achlais iad, ag cur roimhe feuchainn ris na bòtainnean a thoirt diubh a' chiad chothrom a gheibheadh. Cha b'fhada ràinig e an uair a chunnaic e ghealach ag caogadh a mach fo sgéith neòil; thug e nis fa-near mar thug i an car as, agus dh' aithnich e nach robh e ach ro mhoch 's a' mhadainn; bha sgàth air agus air eagal gu 'm beirteadh air 's gu 'n rachadh a ghiollachd coltach ris a' chorp a bha e féin an dèidh a ghnàthachadh cho neo-laghail-thill e air a shàil, thug e air am bà-thigh far an robh e toiseach na h-oidhche, agus an uair a chuir e falach na bòtainnean agus speirean a' chuirp am measg na

[TD 4]

cònlaich, laigh e sìos agus chaidil e. Ach ciod a th' agad air no dheth, cha b' fhada bha e 'n a laighe 'n uair thàinig na saighdearan, agus 's e bh'ann, glacar agus togar leotha am piobaire beo, slàn-agus bu gheal a thoill e sin an déidh mar mhi-ghnàthaich e an corp.

An uair a thàinig a' mhadainn, arsa m' athair rium fhéin, "Falbh a mach do 'n bhà-thigh, a Sheumais, agus abair ri Pàruig bochd tighinn a stigh a chum 's gu'm faigh e cuid d' an bhuntàta; is neònach leamsa mur eil an t-acras air roimhe so.

A mach do 'n bhà-thigh ghabh mi agus ghlaodh mi am piobaire air ainm, ach smid fhreagairt cha d'fhuair mi. Ghlaodh mi a rithist 's a rithist ach facal cha chualas. "An ainm an àigh, a Phàruig," arsa mise, "c'àite bheil thu?" Sheall mi shìos is shuas ach mìr de Phàruig cha robh agam. Mu dheireadh, faicear, ar leam, a dhà chois am measg na cònlach. "Fhir mo chridhe," arsa mise, "is tu tha toigheach air oisinn bhlàth; mur eil thu an déidh thu fhéin a tholladh a stigh anns a' chònlach cho seasgar ri deargainn ann am plaide! ach cuiridh mise stad air do chuid bruadar." Le so rug mi

air chaol dà chois air-màr shaoil mi fhéin-thug mi an spionadh sin air, an uair a dh'fhalbh mi an còmhair mo chùil, ceann thar thulchainn, anns an inne.

An uair a thàinig mi gu seòrsa mothachaidh bha mi am laighe air leud mo dhroma agus dà rud 'am làmhach coltach ri paidhir dhagachan-agus bheil fhios agad nach mòr nach do chaill mi sealladh nan sùl an uair a chunnaic mi dé bh' agam; dà chois duine mhairbh? Thilg mi bhuam iad mar gu'm biodh iad r'a theine; thug mi duibh-leum asam agus ghlaodh mi mort is milleadh. "O, a bhana-mhortair gun iochd," arsa mise, 's mi maoidheadh mo dhùirne air a' mhart-"O, a bhéisd mhi-nàdurra, dh' ith thu Pàruig bochd, a bhrùid gun mhathanas; is miosa thu no na daoine dubha;-agus, an droch bhàs ort, nach tu bha àilgheasach an uair nach fòghnadh dhuit gu d' shuipeir ach an t-aona phiobaire b'fheàrr eadar dà cheann na rioghachd! Mo thruaigh sinn uile! ciod a their an dùthaich gu léir ri leithid de mhort mì-chneasda? agus thu an sin a' sealltainn cho sèamh, neo-chiontach ri uan, agus ag cnàmh do chùr mar nach biodh sion air tachairt." A mach

[TD 5]

ghabh mi, oir gu cinnteach mheas mi gu 'n robh mi fad gu leòir an cuideachd na béiste. Thug mi an tigh orm agus dh' innis mi dhaibh gach nì mu 'n chùis.

"Cuist, cuist," arsa m' athair, "cha b'urrainn da sin a bhi fìor." "Chan eil facal bréige ann," arsa mise. "An e gu 'n d' ith am mart Para Piobaire?" ars' iadsan. Mar is beò mi, chan eil facal agam ach smior na fìrinn; cha d' fhàg an t-ainmhidh gun iochd mìr d' an phiobaire ach a dhà chois 's a bhòtainnean." "Agus dh' ith i a' phiob cuideachd!" arsa mise. "An droch bhàs air a' bhéist," ars' esan, "nach ann aice bha an déidh air ceòl." "A nis," arsa mo mhàthair, "na mallaich a' bhò a tha toirt bainne do 'n chloinn." "Mallaichidh mi," thuirt m' athair, "c' arson nach mallaichinn a leithid a bhéist mhi-nàdurra? Cha bhi i na 's fhaide agamsa; cuiridh mi a dh' ionnsuidh na faidhreach i gun tuille dàlach, agus reicidh mi i air ciod sam bith tairgse gheibh mi. Gabh air falbh a Sheumais," ars' esan "cho luath 's a ghabhas tu greim bìdh, agus thoir leat i thun na faidhreach." "Ma ta a dh'innseadh na fìrinn," arsa mise, "b'fheàrr leam aon-eiginn eile dhol leatha." "Cuist," ars' esan, "agus na dean amadan diot féin." "Is ann da-rìreadh a tha mi," thuirt mi ris; "is sibh féin a b'fheàrr a bheireadh an aire dhi na mise." "Tha 'n gnothach gu math," ars' esan; "chan eil fhios agam c' arson a bhithinn ag gleidheadh coin ma dh' fheumas mi fhéin an tathunnaich a dheanamh; na cluinneam facal tuille ach tog ort leatha, 's na faiceam ceann no crodhan di tuille."

Air falbh ghabh sinn, fada an aghaidh mo thoil, creid mi; cha robh tlachd sam bith agam a bhi mar fhad na laimhe do 'n bhrùid neo-chneasda. Ach coma co dhiubh, gheàrr mi cuaille làidir, fada, de bhata, los gu 'n rachadh agam air a' bhanasgail mhortail iomain gun a bhi dlùth dhi idir, idir.

Mar bha sinn ag gabhail an rathaid bha an sluagh a' dùmhlachadh a dh' ionnsuidh na faidhreach. "Madainn mhath dhuit, 'ille òig," arsa duine rium 's an dol seachad, "is math coltas a' mhairt a tha thu ag iomain." "Tha i," arsa mise, "cho math r'a coltas," am Freasdal thoirt mathanaidh dhomh, is dona thàinig e ri m' chridhe facal math a ràdh as a leth. "A bheil thu dol g' a reic?" ars'

[TD 6]

esan. "Tha," fhreagair mi. "Ciod tha sùil agad a gheibh thu air a son?" dh'fheòraich e. "Ma ta, chan eil fhios agam," thuirt mi-rud a bha fìor gu leòir, chionn bha mi ann an seòrsa imcheist mu 'n bhrùid mhosaich uile gu léir. "Is bòidheach an gnothach dhuit a bhi dol gu margadh," ars' esan, "'s gun fhios agad ciod is fhiach do chuid feudail." "O," arsa mise-'s gun toil agam amharus a bhi aige gu 'n robh beud air a' mhart-"cha bhi fios aig neach dé gheibh e gus an ruig e an fhaidhir 's am faic e ciod na prìsean tha dol." "Ceart gu leòir," ars' esan, "ach na 'm faigheadh tu tairgse mhath m' an ruigeadh tu an fhaidhir idir, nach gabhadh tu rithe?" "Gun teagamh," arsa mise. "Ciod tha thu ag iarraidh oirre, ma ta?" ars' esan. "Cha bu mhath leam a bhi mi-reusanta," thuirt mi ris-oir, a dh' innseadh na fìrinn, bha mi toileach a bhi réidh 's i-"gabhaidh mi ceithir puinnid Shasunnach air a son, 's cha ghabh mi peighinn na's lugha na sin." "Cha chreid mi," ars' esan, "nach eil i saor gu leòir; ach tha eagal orm gu bheil rud eigin ceàrr oirre; chan ann air an t-suim sin a reiceadh tu mart-bainne a coltais na 'm biodh i gun choire." "Gu dearbh," arsa mise, "air m' fhacal tha i math gu bainne." "Theagamh," ars' esan, "gu'n deachaidh i bhàrr a bainne-a bheil i air son a bìdh!" "Moire, 's i th' air son a bìdh!" fhreagair mi, "chan eil a leithid eile air uachdar na cruitheachd, is i mo bhàrrail; bheil mi mo mhionnan gu'n ith i." "Chan eil dùil agam gu 'n gabh mi an dràst i," ars' esan; "feithidh mi gus am faic mi ciomar théid am margadh." "Tha mi toileach," arsa mise, ag gabhail orm a bhi caoin-shuarach, ach air chinnt bha seòrsa amharuis agam gu 'n robh daoine faicinn rud-eigin mì-chneasda ann an aogas na béist, agus nach faighinn bhàrr mo làmh an idir i. Mu dheireadh ràinig sinn an fhaidhir, agus b' e sin an sealladh gun a leithid-shaoileadh tu gu 'n robh an saoghal uile cruinn air an aon fhaiche, gun ghuth air gach riomhadh eile bh'ann. Bha bùithean an sin anns am faighteadh an deoch a b'fheàrr, agus na fìdhlean ag cluich a chur spreigeadh ann an caileagan agus anns na gilleann òga; ach chuir mi romhan nach gabhainn gnothach riu gus am faighinn saor 's a' bhéist mhosach a bha air mo chùram; uime sin dh' iomain mi stigh i gu teismeadhoin

[TD 7]

na faidhreach. Ach, a mhic chridhe, mar a bha sinn a' dol seachad air aon de na bùithean, shéid piobaire air chor-eigin suas port-dannsaidh, agus m'un abradh tu "Deis-dé" bha h-earball a suas agus thug i an roid sin aisde a dh' ionnsuidh a' bhùth.

"O, mort is marbhadh!" arsa mise ris na bha m' an cuairt, "cumaibh

oirre, cumaibh oirre-dh'ith i aona phiobaire an diugh cheana, agus an droch bhàs oirre, tha i air son fear eile bhi aice."

"An e gu 'n d' ith mart piobaire?" arsa fear dhiubh.

"Gun fhacal bréige, dh' ith," arsa mise, "oir chunna mi fhéin a chorp 's gun mìr a làthair dheth ach an dà chois; chan eil ann ach amaideachd dhuinn a bhi strì ris a' ghnothach a cheiltinn; tha mi faicinn nach gabh i cur bho'n chleachdainn-mar is daor tha fhios aig Para Piobaire bochd-mo bheannachd as a dhéidh!"

"Co tha 'n sin a' luaidh air m' ainm-sa!" ghlaodh fear-eiginn làimh rium; agus, an uair a thionndaidh mi m' an cuairt, co bh' ann, a réir coltais, ach Para Piobaire e fhéin.

"Beiribh air-san cuideachd," arsa mise, "cumaibh uam e, oir chan e fhéin a th' ann idir, ach a thannas; chaidh a mhort an diugh 's a' mhadainn, do m' dhearbh fhiosrachadh féin, 's cha d' fhàgadh òirleach dheth ach a chasan."

An uair a chuala Pàruig sin-oir is e fhéin a bh' ann, mar fhuair sinn a mach a rithist-cha mhór nach do sgàin e ag gàireachdaich; agus an uair a lasaich air, thòisich e agus dh' innis e dhuinn gach car, mar dh' innis mise nis; agus na 'n cluinneadh tusa 'n fhochaid a bha 'n sin ormsa, air son bhi cur air a' bhò bhochd gu 'n d' ith i am piobaire. Chaidh sinn a stigh do 'n bhùth 's dh' òl sinn fad-shaoghal do Phàruig 's do 'n mhart; chluich Pàruig an latha sin air dhòigh a thug bàrr air na chluich e riamh roimhe no 'na dhéidh. Chaidh am mart neo-chiontach, bochd iomain dachaidh a rithist, agus is iomadh latha math a bha aice féin agus againne 'na dhéidh-Cha dì-chuimhnich mi gu bràth mu'n mhart a dh'ith am piobaire!

[TD 8]

ALNASCAR.

"Am bruadar so, am faoin-sgeul e,
No'm faodadh e bhi fìor?"

Cha robh ann an Alnascar ach lunndaire leisg nach oibricheadh car 's nach salaicheadh a làmh cho fhad 's a bu bheo athair. Aig àm a bhàis, dh' fhàg athair aige cóig fichead bonn òir. A chum na cuid a b' fhearr a dheanamh dhiubh, chuir e am mach iad ann an gloineachan, botail, agus soithichean creatha ro luachmhor agus ro riomhach. Iad so chuir e ann am bascaid mhóir, agus an déidh dha bùth beag a ghabhail air mhàl, shuidh e ann; chuir e a' bhascaid aig a chasan, agus leig e a dhruim ris a' bhalla a feitheamh luchd-ceannach. Am feadh 's a shuidh e mar so gu socair ag amharc air a' bhascaid agus air a' bhathar phriseil a bha innte, thuit e ann an trom-smaoin anabarrach taitneach; agus chualas e le cuid de na coimhearsnaich a' bruidhinn ris fhéin mar a leanas:—"Chosd an cliath so dhòmhsa mo chóig fichead bonn òir-mo chuid an t-saoghal. An uair a reiceas mi na th'ann tilgidh e air a' chuid is lugha deich fichead bonn òir.

Ann an ùine gle ghoirid éiridh an t-suim so gu ceithir chiad agus ri h-ùine, cinnidh so a rithist gu ceithir mìle. Cha bhi e doirbh ceithir mìle bonn òir a dheanamh 'n a ochd mìle. Cho luath 's a bhios mo mhaoin mar so air cinntinn gu deich mìle, cuiridh mi dhìom obair ghloineachan is bhotal, agus gabhaidh mi gu malairt ann an seudan agus clachan luachmhor. An sin reicidh mi gach seorsa dhaoimean, neamhnaid, agus usgraichean briagha. An uair a chuireas mi r'a chéile de shaoibhreas na mhiannaichinn, ceannaichidh mi an tigh is eireachdaile a ghabhas faotainn, maille ri fearann, seirbheisich agus feudail. Tòisichidh mi an sin air toil-inntinnean na beatha so a mhealtainn; agus mur dean mise stairirich anns an t-saoghal! Ach cha chum so idir rium; leanaidh mi air gus an cuir mi cruinn ciad mìle bonn òir; agus, le so fo m' laimh, is dùth dhomh bhi ag amharc os cionn bàrr mo shròine; cha bhi prionnsa 's an rioghachd nach bi mi cho miadhor ris, agus iarraidh mi nighean an Uachdarain air laimh mar mhnaoi; an déidh dhomh an toiseach a chur an céill dà an cùntas àrd a fhuair mi air an eireachdas, an tuigse, agus a' chrionntachd air son am bheil mi comharra-

[TD 9]

ichte agus ainmeil. Leigidh mi ris da, aig a' cheart àm, gur e mo rùn mìle bonn òir a shìneadh dha mar thiodhlac air oidhche na bainnse. An uair a phòsas mi nighean an Uachdarain gheabh mi dhi deich seirbheisich a dh'fheitheamh oirre, cho math 's a ghabhas faotainn, ma ni airgid e. 'N a dhéidh sin theid sinn le greadhnachas, agus le riomhadh gun a leithid a dh'fhaicinn m' athar-céile. An uair a chuireas e mi am shuidhe air a laimh dheis-rud a ni e gun teagamh, ged nach biodh ann ach a chur urraim air a nighinn-sìnidh mi dha am mìle bonn òir a gheall mi, agus an déidh sin, chum a mhór-ioghnaidh, builichidh mi air sporan anns am bi uidhir eile ag radh rudeigin mar so:-'Tha thu a' faicinn gur duine mi a sheasas ri m' fhacal-seadh, is gnàth leam daonnan tuille 's a gheallas mi a thoirt seachad.'

"An déidh domh a' bhan-phrionnsa a thoirt dachaidh chum mo lùchairt, bheir mi an aire mhath gu 'n oileanaich mi i gu mòr-mheas agus urram a chur orm m' an toir mi an t-srian d' ar sùgradh agus d' ar gaol. Chum na criche so cumaidh mi 'n a seomar féin i car tamaill, a' dol an dràsd 's a rithist g' a faicinn, 's gun a' labhairt ach beagan rithe. Thig an sin a mnathan-frithealaidh a dh'innseadh dhomh gu bheil mo mhi-choibhneas an impis a cridhe a bhristeadh, agus guidhidh iad orm, le deoir 'n an sùilibh, mi dhol g' a caidreadh, agus mi leigeil leatha suidhe làmh rium; ach gabhaidh mi orm a bhi do-lùbadh agus tionndaidhidh mi mo chùl oirre. Thig a màthair agus bheir i a h-ighean am ionnsaidh 's mi leam fhéin air suidheachan riomhach. Tilgidh an nighean i fein aig mo chasan, a' sìleadh nan deur, agus aslaichidh i orm mi 'g a gabhail air a h-ais a dh'ionnsaidh mo chridhe agus mo ghaoil. An sin a chum 's gu'm bi i air a lionadh le làn urram domh, agus gu bhi umhal, iriosal, tàirngidh mi mo chas, agus tilgidh mi uam i le breab a chuireas an comhair a cùil i thun taobh eile an tighe."

Bha Alnascar cho mòr air a shlugadh suas leis an taisbeanadh fhaoin so 's nach b'urrainn da gun a chur an gnìomh le chois an nì sin a bha aige 'n a smointean, air chor 's gu 'n d' thug e gu mì fhortanach breab do 'n bhascaid làn de 'n bhathar bhrisg, a bha gu bhì 'na bhunait aig a' ghreadhnachas gu léir, is thilg e i féin 's na bha ìnnte 'n am pronnach am mach air meadhon na sràide.

[TD 10]

AM BUACHAILLE-LAOGH AGUS AM MINISTEIR.

Bha balachan òg, mac bantraich bhoichd, aon uair 'na bhuachaille-laogh aig tuathanach àraidh. Bha e a' faighinn a bhìdh mar thuarasdal o 'n tuathanach, agus bha a mhàthair 'g a cumail féin a suas mar a b' fheàrr a b' urrainn di le bhì ag obair do na coimhearsnaich, maille ri cuideachadh beag a bha air a bhuileachadh oirre o àm gu àm á airgid nam boichd. Thuit gu 'n robh fearann an tuathanaich ag crìochnachadh ri <eng>glebe<gai> a' mhinisteir agus co-dhiu a leig am buachaille na laoigh am measg coirce a' mhinisteir, no ciod air bith a b' aobhar, ghabh e fuath agus gamhlas mòr do 'n bhalachan, agus chan iarradh e ach a bhì 'g a smàdadh a huile cothrom a gheibheadh e. Bha aig a' mhinisteir gille mìodalach, tràilleil a b' àbhaist da a thoirt leis an uair a bhiodh e, le charbad beag, ag gabhail a chuairt troimh 'n sgìreachd. Thachair dhoibh a bhì ag gabhail sgriob air latha àraidh, agus faicidh iad buachaille nan laogh 'n a shuidhe taobh an rathaid mhòir le deise ùir aodaich air. Bu mhath a bha fios aig a' mhinisteir c' àite 'n d' fhuair am balachan an desie, agus smointich e gu 'n gabhadh e an cothrom air a nàrachadh. "Cò, mo ghille math," ars' esan, "a chuir ort an deise ùr, ghasda sin?" "Chuir," thuirt am balachan boichd 's e togail a chinn, "le 'r cead, a mhinisteir, a' cheart fheadhainn a chuir an deise sin oirbhse,—chuir an sgìreachd." An uair a mhothaich am ministeir a' chùis air a tilgeil cho deas 'na aodann leis a' bhalachan chuir e chuip ris an each, agus thàr e as. Ach air dha dol beagan air aghart smuainich e gu 'm bu tàmailteach da leigeil leis an ruaig a bhì air a chur air mar so an làthair a ghille féin; stad e an carbad, agus chuir e air ais an gille a dh' fheòraich d' an bhalachan, an gabhadh e muinntireas gu bhì 'n a bhurraidh aig a' mhinisteir. Thill an gille le othail mhòir agus chuir e a' cheist ris a' bhuachaille. "Am bheil thusa dol g' a fhàgail?" ars' am balachan. "Chan eil," fhreagair an gille. "Mata, mur eil," thuirt am balachan, "rach air d' ais agus abair ris a' mhinisteir, gu bheil mise meas gu bheil a thighinn—a-stigh beag gu leòir a chumail a suas dà bhurraidh, gun ghuth air a

[TD 11]

bhì ag iarraidh an treas fir!" Dh' fhalbh an gille 's a theanga 'n a phluic a dh'innseadh a shoirbheachaidh, agus is i mo bhàrail nach do chuir e féin no am ministeir a' bheag tuille de dhragh air a' bhuachaille-laogh.

BLAR NA STAIRSNICH.

IS FUATHASACH an uair 's an othail a bhios air daoine mu'm blàraibh, an euchdan-cogaidh, an gaisgich ainmeil, chliùiteach, 's chan eil fhios ciod; agus chan iad a mhàin na blàir féin a tha iomraiteach-feumar farum mòr a dheanamh mu eachdraidh nam blàr bho linn Oisein a nuas gus an tuasaid mu dheireadh a thachair 'n ar linn 's 'nar latha féin. Am fear is deise 's is eireachdaile chuireas an céill do 'n t-saoghal mu threubhantas nan curaidh a sheas no thuit 's an strì, tha e air àrdachadh gus an t-ionad is àirde 'nam measg-san a tha air am meas airidh air fleasg 's air suaicheantas na h-onoir. Chan eil mi ach a' tighinn thairis air ga m'neartachadh ann a bhi a' tagradh gu 'm faigheadh mo bhanacharaid labhrach, Màiri Nic-an-Rothaich, a h-àite féin am measg na dream a mheasar airidh air cliù nam bàrd 's nan eachdraiche; oir tha mi dearbhte nach eil i dad air dheireadh air an fhear is cumhachdaiche dhiubh an uair a théid i an cinn-seal sgeòil mu na batailtean a chunnaic a dà shùil féin. Agus tha aon bhuaidh air a naidheachdan; tha iad a' srùladh a mach as a beul gun umhail sam bith aice gu bheil i ag cur an céill ni air bith ùr no annasach. Thachair mi oirre an latha roimhe 's mi ag gabhail ceum a sios an rathad. Dh'aithnich mi air a h-aodann gu 'n robh rud-eiginn sònraichte air a h-inntinn. M'am b' urrainn domh facal a ràdh thuirt i, "A bhean mo ghràidh, nach eil naidheachd agam dhuit!"

Arsa mise, "Ma 's naidheachd mhath i mar is luaithe chluinneas mi i 's ann is fheàrr."

"Chan eil fhios agam," arsa ise, "cò dhiù their thu gur math no gur h-olc i; ach dé do bharrail, 'n uair dh'innseas mi dhuit gu'n robh blàr na dunaich air an stairsnich an dé eadar Anna bean Iain Mhóir, Peigi bean Dhon-

[TD 12]

nachaidh Mhìcheil, agus Màiri bean Dhùghaill Mhic Phàrlain."

"Is naidheachd sin da-rìreadh," fhreagair mi. "Naidheachd," ars' ise, "ris an robh sùil agam o chionn iomad latha. Cha b' urrainn do 'n chàirdeas ud a bhi buan; bha iad dìreach gairsineach-'n an gràin do 'n choimhearsnachd gu h-iomlan-Nic Ille-Mhìcheil 's an dara ceann, bean Iain Mhóir 's a' cheann eile, agus Nic Phàrlain 's an tigh mheadhoin. Bho mhoch gu dubh bha an dorsan sìnte fosgailte, 's rachadh iad a mach 's a stigh, 's ghlaodhadh iad a mach 's ghlaodhadh iad a stigh, 's cha robh creutair a thigeadh an rathad nach feumadh iad a bhi mach aig na dorsan a' spleuchdadh air; agus b' i Nic Phàrlain-o nach eil duine cloinne aice féin-a b'aon tràill do 'n dithis eile; chan fhaiceadh tu i o mhoch gu feasgar nach robh cuid d' an iseanan aice air a gàirdean. Ach chan fhaca mi a bheag de mhath riagh ag éirigh 'o leithid so de chàirdealachd, 's cha mhò chunnaic mi e a' marsainn fada. Bha, uime sin, ioghnadh orm cuin a thigeadh e gu aon-cheann; ach 's beag sùil a bh' agam gu 'n tigeadh

e le cho beag aobhair. Tha e coltach gu 'n robh an dà bhalachan, mac Peigi Mhìcheil, agus mac Anna Iain Mhóir, ag cluicheadh mu na dorsan agus air son ni-eiginn faoin chaidh iad thar a chéile, mar is tric a ni clann bheag, agus ghabh an dithis am badaibh a chéile. Tha na balachain mu 'n aon aois, mar a tha fhios agad, agus bha choltas air an strì gu 'm biodh i righinn. Tha mac Anna cuid mhath na 's mò d' a aois na am fear eile agus bha shaoil air làmh-an-uachdar fhaighinn thairis air Mac Ille-Mhìcheil, 'n uair thàinig Peigi Mhìcheil a mach agus thugadh i sgailc 's an leth cheann do mhac Anna Iain Mhóir. Ach mo chreach 's mo sgaradh! bu mhath dhi na 'n do ghléidh i a dà làimh aice féin, oir có bha ag amharc oirre ach Anna i fhéin, agus gun fhacal a ràdh, a mach thàinig i agus rinn i a leithid eile air mac Peigi Mhìcheil, agus thòisich a' bhrionglaid ann an da-rìreadh. Thuirt Peigi Nic Ille Mhìcheil gu 'm bu neònach leatha Anna Iain Mhóir a dh' fhuilingeadh do sgonn balaich coltach ri a mac, buille thoirt do 'n leanabh.

'An leanabh!' arsa Anna Iain Mhóir, 'is i mo bharail gu bheil e cho sean ris-san; agus na 'm biodh a chuid bìdh a' dol ann an craicionn cho fallain, dh' fhaodadh e

[TD 13]

bhi a cheart cho mòr ris; ach,' ars' ise, 'thàinig e de chinneach truailidh co dhiu.'

'Cinneach truailidh!' arsa Peigi Mhìcheil.

'Seadh dìreach cinneach truailidh,' arsa Anna, 'ciod a tha 'n a athair ach an troicheilean truailidh, bochd?'

'Is fèarr a bhi beag,' arsa Peigi Mhìcheil, 'agus a bhi iomlan, na bhi mòr agus a dh'easbhuidd cuid d' a bhuadhan; taing do 'n Fhreasdal tha a chlaisteachd aige.'

Bha so 'n a bhuille trom do dh' Anna; oir tha e coltach gu bheil Iain Mór ro mhaol 's a' chlaisteachd, agus tha iad a' feuchainn r' a chumail uaigneach. Chan eil fios cuin a sguireadh na mnathan mur tuiteadh do Mhàiri Nic Phàrlain tighinn a mach. Ars' ise, 'Nach sibh an da òinseach, a' deanamh a leithid de iorghuill mu chònsaidean cloinne. Shaoil mi gu 'n robh tuille gliocais agaibh. Bithidh a' chlann a' falbh 's an làmh gu càirdeil mu amhaichean a chéile, agus sibhse ag cumail suas gamhlais agus droch rùin; ach na 'm biodh sibh a' deanamh mar bu chòir dhuibh, agus 'g an gleidheadh taobh a stigh nan dorsan, bhiodh na bu lugha cònsachaidh ann.'

'Nach ann agad a tha 'n dearg aghaidh,' arsa Anna Iain Mhóir.

'Chan eil mi faicinn ciod e an gnothach a tha agadsa buntainn ris a' chùis,' arsa Peigi Mhìcheil; 'ach cha gnothach doirbh do chuid cloinne-sa chumail aig an tigh.'

'Chan eadh gu dearbh,' arsa Anna Iain Mhóir, 'cha chuir iadsan, na

truaghain bhochda, mòran dragh air a' choimhearsnachd!'

Nis, tha fios agad fhéin nach eil Màiri Nic-Phàrlain 'n a boirionnach cònsaideach; thill i air a sàil, chaidh i stigh, dhùin i an dorus, agus rinn an dithis eile mar an ceudna.

Ach is fhada m' am b' e so a bu deireadh do 'n chluich; bha aig Peigi Mhìcheil coingheall poite bho Anna Iain Mhóir; cha luaithe bha a dorus dùinte na thilg i fosgailte e, agus an sin a' fosgladh doruis Anna, thilg i stigh a' phoit ag ràdh, 'So, sin agad do phoit'; agus, ciod a th' agad air, ach gu 'n do bhris i a' phoit.

Ach, air an laimh eile, bha Anna Iain Mhóir gu bhi cho fada mach rithe féin; oir tha e coltach gu 'n robh

[TD 14]

aice-se coingheall d' an eachan aig Peigi Mhìcheil; agus an uair a bha i 'g a shlaodadh a mach gu thilgeil a stigh mar a rinn an té eile air a' phoit, thàinig i tarsainn air ciobhull an doruis leis agus bhris i e. Bha an dà chailleach mar so air an aon ruith—an t-eachan briste mu choinnime na poite briste.

Dhùin iad an dorsan a rithist agus shaoileadh tu gu 'n robh gach nì thairis; ach thachair gu 'n robh na trì fir phòsda, Donnachadh Mac Ille Mhìcheil, Iain Mór, agus Dùghall Mac Phàrlain, a' tighinn dachaidh còmhla aig a' cheart àm ud agus sheas iad a' bruidhinn car tiota mu choinnime an doruis. Mar bha an còmhradh gu bhi thairis, a mach chuir Anna Iain Mhóir a ceann, agus ars' ise gu croisda. 'Iain Mhóir, thig a stigh thun do bhrochain, agus na bi a' seasamh an sin ri goileam gun seadh; b'fheàrr leam gu 'n taghadh tu do chuideachd.'

Bha na trì fir a' tionndadh m' an cuairt le ioghnadh, an uair tharruing Peigi Nic Ille Mhìcheil an aire, ag ràdh gu h-athaiseach, dìongmhalta, 'Seadh, a Dhonnachadh Mhic Ille Mhìcheil, thig a stigh is gabh do thea agus leig le Iain Mór dol a stigh a ghabhail a bhrochain—brochan, brochan, brochan a ghnàth; chan iongantach an duine truagh a bhi bodhar; tha a chlaigeann tiugh, stallachdach air a dhinneadh làn brochain.'

Fhreagair bean Iain Mhóir a cheart cho athaiseach agus neo-ar-thaing cho nimheil ris an té eile, 'Seadh Iain Mhóir thig a stigh thun do bhrochain, agus leig le Donnachadh Mhìcheil dol a stigh thun a thea; tha an duine truagh bochail mu 'n tea; is e a' chiad fhear de'n t-sliochd no de'n ghinealach a bhlaiss riamh tea; cha mhòr tea a fhuair athair, Dòmhnall, a bhàsaich an tigh-nam-bochd.'

Bha Peigi Mhìcheil dol a fhreagairt le rud-eiginn a ràdh mu shìnnsearachd Iain Mhóir, a b'abhais, a réir iomraidh, a bhi a' togail chorp; ach chuir an dà fhear pòsda stad air an t-seanachas le fheòraich ciod air thalamh a bu chiall do 'n chainnt sgainnealaich so. Thòisich an dara té air cur as leth na té eile gu 'n do leth-mharbh i a balachan; agus cha robh a shad air na fir gu'n tuigeadh

iad cùisean idir, 'n uair a chuir Dùghall Mac Phàrlain, aig a bheil teanga gle sgaiteach, a mach a cheann 's thuirt e,

[TD 15]

'Fhalbh, fhalbh, chan eil ann ach dà chat ag cur a mach air a chéile mu 'n cuid phiseag.'

Thug so an gnothach gu aon-cheann; oir dhi-chuimhnich an dithis bhan an cònsachadh féin, leis a' chorruch anns an do chuir iad iad féin a chionn de dhànadas a bhi aig Mac Phàrlain 'piseagan' a ràdh ri 'n cuid cloinne-san. Cha bu mhath leamsa tighinn thairis air a' chainnt a ghnàthaich iad ris. Faodaidh tu bhi cinnteach nach do dhi-chuimhnich iad innseadh dha nach eil 'piseagan' idir ag cur dragh airsan. Tha mi dearbh-chinnteach gu'm b'fheàrr le Mac Phàrlain gu 'n do ghléidh e a theanga 'n a phluic, oir bithidh a cheann air liathadh m'an cluinn e a' chuid mu dheireadh de 'na cait 's an cuid phiseagan.' Coma co dhiu, tha na coimhearsnaich ag cumail an dorsan dùinte nis, 's cha chreid mi nach faigh sinn sìth gu dol a mach 's a stigh an dà latha so gun sùilean a h-uile aoin a bhi oirnn mar a b' àbhaist.

Sin agaibh naidheachd Mhàiri Nic an Rothaich, facal air an fhacal mar fhuair mise i; tha mi an dùil gu 'n aidich sibh gur airidh am boirionnach gleusda air cùileig bhig am measg, na muinntir a dh'aithris dhuinn mu na blàraibh ainmeil a choisinn cliù do 'r dùthaich.

MAIRI AGUS AN T-ADMIRAL.

Is cleachdadh leis na Goill a bhi ri fochaid air na Gàidheil bhochda, air son cho aineolach, maol-theangach 's a gheibhear iad an coitcheannas an uair a dh' fheuchas iad ris a' Bheurla; agus, air uairibh, chan eil teagamh nach bi iad a' deanamh thuislidhean agus mhearachdan glé neònach; ach dona 's mar tha na Goill, chan eil daoine air bith ann a tha na 's toithiche air a' bhi a labhairt deth a chéile, agus ri feala-dhà neo lochdach de gach seòrsa, na na Gàidheil iad féin. Tha an sgeulachd bheag a leanas glé chumanta ann an cuid do cheàrnan de Earraghàidheal agus theagamh gu 'n toir i gàire air mo luchd-èisdeachd. Chan eil mise dol a ràdh co dhiù a tha i fìor no nach eil; ach ciamar 's am bith a bhàtar 's an àm a dh' fhalbh, is cinnteach mi nach faightear ann an ceàrna de'n Ghàidhealtachd an

[TD 16]

diugh, aon fhear no té cho fada air an ais 's nach bitheadh fios aca co dhiu bu bheathach no dhuine a bha ann an <eng>Admiral.<gai>

Bha aig boireannach deanadach, glic, aon uair, tabhartas beag de dh'uibhean ri chur a dh'ionnsuidh an Tigh-Mhòir. Air dhi an cur a

suas gu tèarruinte ann am bascaid, ghairm i an t-searbhanta, caileag òg gun mhòran de eòlas an t-saoghail, agus dh' earailich is sheòl i dhi ciamar a ghluaiseadh i i-féin aig an Tigh-Mhòr. "Is bitheanta," ars' ise, "leis an <eng>Admiral<gai> e féin a bhi gabhail a shràid fo sgàil nan craobh anns an rathad-dhìomhair eadar an Tigh-Mòr agus an geata, agus ma thachras e ort feuch gu 'm bi thu fìor mhodhail 's gu 'n toir thu a' h-uile urram da. Ma dh' fheòraicheas e dhìot cia as a tha thu, no c' àite am bheil thu dol no ciod a tha agad innsidh tu dha gu pongail, 's bi cinnteach gu 'n abair thu, 'Le'r cead,' aig deireadh gach freagairt a bheir thu dha. Aithnichidh tu an t-Admiral cho luath 's a chì thu e le cheum flathail, àrd; agus is àbhaist da sràidimeachd am bitheantas le churrac oidhche dearg air mar chòmhdach cinn; agus a nis, a Mhàiri, bi falbh agus mo bheannachd a' d' chuideachd!" Thog a' chaileag bhochd orra gu sùrdail, làn de na comhairlean a fhuair i; ràinig i an geata mòr 's ghabh i a stigh. Air dhi a bhi dlùthachadh air an tigh faiceadh i coileach Frangach briagh a' steòcadh a nuas 'n a coinnimh cho moiteil 's ged a bu leis féin an oighreachd-earball sgaoilte 's e cur smùid as an talamh le bàrr a sgiathan-'Ma tha <eng>Admiral<gai> 's an dùthaich,' thuirt i rithe féin, 'is e so e. Cò nach faodadh aithneachadh le cheum mòrail, uasal, 's mar a tha e a' dlùthchadh orm, comharraichidh mi gu soilleir a churrac dearg ceart mar a thuirt mo bhana-mhaighstir. Ach is mithich a bhi bogadh nan gad, so e 'tighinn!' Bhog an coileach a cheann mar fhìor dhuin'-uasal 's chuir e fàilte chridheil oirre. Arsa Mhàiri, agus i aig a' cheart àm a' deanamh a beic. 'Tha mi á Liosmòr, le 'r cead, le 'r cead.' Thug an coileach an dara miolaran as,-'Tha mi 'dol d' an Tigh-Mhòr, le'r cead, le'r cead.' An treas uair thug e guileag sunndach as, 's fhreagair Mhàiri, 'Uibhean chearcán is gheadh, le'r cead, le'r cead.' Le so leig e seachad i. Rinn i a gnothach 's thill i gun fhaicinn tuille. An uair a ràinig i dhachaidh dh'fheòraich

[TD 17]

a bana-mhaighstir ciamar a chaidh dhi. 'Chaidh gu math 's gu ro-mhath.' 'Am faca tu an t- Admiral?' 'Is mi a chunnaic,-an t-uasal grinn, cùirteil, agus fhreagair mi a' h-uile ceisd a chuir e orm, ged is i Fraingis a labhair e!'"

TURUS PHARAIG DO'N TIGH-MHÒR.

"Ciàmar a chaidh dhuit 's an tigh-mhòr a Phàraig"? "Ma ta, a Mhàiri, innsidh mi sin dhuit. Bha eagal orm, le 'r cead," arsa mise, an déidh dhomh sùil a thoirt m' an cuairt agus gun mi faicinn coltas bìdh air bòrd no an àit' eile; "bha eagal orm gu 'n robh mi air dheireadh." "O, chan eil idir"; ars' esan, agus e ag gàireachdaich, "chan eil an dìnnear againn aig àm sam bith gu seachd uairean; ach tha mi toilichte gu 'n d' thàinig thu cho tràthail." "Seachd!" arsa mise rium fhéin, "tha sin ceithir uairean an uaireadair bhuainn fhathast, agus mi an impis fannachadh leis an acras mar tha, an déidh tighinn a leithid de astar, agus gun sian saoghalta itheadh bho ochd uairean anns a' mhadainn. Aon uair deug trasgaidh! ciod air

thalamh a nì mi? Bithidh latha agus bliadhna m' am faic iad mise a' tighinn gu m' dhìnnear do'n tigh-mhòr a rithist."

"Bha mise ann an sin, ma ta, a Mhàiri, a' seanachas agus ag amharc m' an cuairt orm fad cheithir uairean fada an uaireadair; mi air tolladh leis an acras, agus cha leigeadh mo mhodh no mo nàire leam facal a ràdhuinn. Mu dheireadh, an uair nach mòr nach robh mi air toirt thairis, dh' fhosgail an dorus, steòc duineachan-uasal grinn ann an deise shìoda dheirg a stigh, agus dh'innis e dhuinn gu'n robh an dìnnear deas. 'Cha chuala mi ceòl riamh aig eun anns an doire is binne leam na sin,' arsa mise, agus mi ag éisdeachd ris. Le so dh' éirich gach duin'-uasal a bha 'n sin air a chasan, shìn gach fear a ghàirdean do mhnaoi-uasail air chor-eiginn agus a mach ghabh iad mar gu'm b' ann a' dol a dhannasadh a bha iad. Bha an dìnnear an sin deas, glan; ach is e an rud a bu mhò thaitinn rium na lasgairean a dh' ainmich mi cheana-luchd nan deis-

[TD 18]

eachan sìoda dearg. Ged a b' iad féin a b' eireachdaile agus a b' uaisle coltas anns a' chuideachd, bha iad ann an sin cho iriosal a' togail air falbh nan soithichean bhàrr a' bhùird, agus a' freasdal do gach math agus dona bha làthair.

Shuidh mi fhéin am broilleach na cuideachd. 'Ciod a bhios agad, a Phàraig?' arsa Moraire Dhun-spàlaig rium fhéin. 'Ma ta, le 'r cead,' thuirt mi, 'bho 'n is sibh féin fear-an-tighe, an rud a bhios agaibh is cinnteach gur e is feàrr; gabhaidh mi cuid deth, ma's e ur toil e.' Shìn e dhomh cuid de 'n rud a bh'ann. Is gann a ràinig mi an darna lan-beòil an uair a thionndaidh e rium a rithist, ag ràdh. 'A Phàraig, tha a' Bhana-Mhóraire ag amharc ort.' 'Ma tha, le 'r cead,' arsa mise, 's gun fhios agam ciod a bha 'n a bheachd, 'is e làn dìth a beatha, agus cha b' urrainn di dà shùil a bu bhòidhche bhi aice gu sin a dheanamh.' Rinn a h-uile h-aon de na h-aoidhean glag gàire. 'Is e tha mi ag ciallachadh, a Phàraig,' fhreagair am Moraire a rithist, 'gu bheil a' Bhana-Mhóraire deònach òl air do shlàinte.' 'O, tha mi agaibh a nis,' thuirt mi ris, 'le m' uile chridhe, a bhean-uasail mo ghaoil; air ur deagh shlàinte!' Ach, a Mhàiri, an uair a bha mi a' bruidhinn ris a' Bhana-Mhóraire, ciod a rinn fear de luchd nan còtaichean dearga ach gu'n do chuir e a làmh a nall fo m' achlais, agus m' an deanadh tu fead, sgioblaich e air falbh an trìnnsair a bha air mo bheulaobh, 's gun mi ach gann air beantainn de mhìr de na bha air. Am peasan! na 'n d' fhuair mi greim air, dh'ithinn a h-uile mìr d' a chorp, gun ìm, gun salann!-ach bha nàire orm a ghairm air ais a rìs; agus m' an robh ùine agam air cuideachadh eile de'n itheannaich iarraidh, chaidh gach nì a bha air a' bhòrd a thogail gu glan, buileach air falbh, 'Och mo chreach, a Phàraig,' arsa mise rium fhéin, 'an e so na tha thusa dol a dh'fhaighinn ri itheadh an nochd?' Ach mu'n abradh tu trì facail, chaidh dìnnear ùr a chàireadh air a' bhòrd, agus 'n a taice ghabh iad cho dian 's a rinn iad roimhe.

Fhuair mi greim feòla, agus 'A nis,' thuirt mi, 'tha dòchas agam gu

'm faigh mi cothrom làn beòil itheadh an sìth agus an suaimheas,'
ach cluinnear am Moraire ag ràdh, 'A Phàraig, so air do shlàinte!'
'Le m' làn dheòin,'

[TD 19]

arsa mise, agus mi ag cromadh mo chinn gu modhail ach beag a sìos thun a' bhùird. Am feadh a bha mise ag òl air a Mhoraire, ciod a chunnaic mi ach am fear dearg a dh' ainmich mi cheana a' sèapadh a làimh a stigh gu bhi aig mo thrìnnseir a rithist, agus mi gun uiread agus air deargadh air. Rug mi air le m' leth-laimh. 'Air d' athais,' arsa mise, 'ille mhaith, ma 's e do thoil e. Chan eil mi réidh dheth so fhathast.' Thòisich a' chuideachd uile air gàireachdaich, gus nach mòr nach robh cuid de na mnathan-uaisle a' tuiteam bhàrr an cathraichean. Thairg fear de na daoine'-uaisle òl orm fhéin, agus an sin fear eile, agus fear eile, air alt 's nach d' fhuair mi cothrom air aon mhìr fheuchainn gus an robh na bha air a' bhòrd air a sguabadh air falbh a rithist.

'Fhuair thu am buille-druidhidh mu dheireadh, a Phàraig,' arsa mise, 'théid thu bàs leis an acras.' Ach Maire, chan ann mar sin idir a bha, a Mhàiri; is ann a chaidh an treas dìneir a ghiùlan a stigh! Chaidh, gun fhacal bréige! 'O,' thuirt mise, 'tha mi a' faicinn mar tha a nis-aon uair 's gu'n tòisich iad air itheadh, cha sguir iad. 'Is olc a shéideas gaoth nach séid an seòl fir eiginn'; gheabh mi rud-eiginn air a' cheann mu dheireadh.' Fhuair mi greim air ma thrìnnseir an treas uair, agus dìreach an uair a bha mi brath dol an cinnseal ithidh, rinn fear a bha 'n a shuidhe làmh rium cagar-'Ciod a thàinig eadar thu féin agus na mnathan-uaisle, a Phàraig, an uair nach eil thu ag òl air a h-aon diubh?' 'Gabhaibh mo leisgeul,' arsa mise, 'An e sin modh?' 'Is e gun teagamh,' thuirt esan, 'nach eil thu a' faicinn a h-uile duine'-uasal aig a' bhòrd 'ga dheanamh?' Agus cinnteach gu leòir bha iad sin. Air ghaol a bhi suas ri càch, ma ta, thòisich mi agus dh' òl mi orra gu léir, aon an déidh aoin, mu'n cuairt am bòrd agus is gann a bha mi aig an té mu dheireadh, an uair a thàinig mo charaid, fear a' chòta dheirg, agus air falbh a bha gach nì a bha mu 'm choinnimh, m'an abradh tu 'b'e sud e.' Cha robh atharrachadh air.

Shuidh mi mar bh' agam. 'Chan eil fhios ciod an ath rud a thig,' arsa mise. Cha robh mi fada a' feitheamh, an uair a chunnaic mi iad a' tighinn agus ag cur mu choinnimh gach aoin a bha aig a' bhòrd, glaine mòr làn de uisge fuar as an tobar. 'O, leth na bochdainn, a Phàraig,'

[TD 20]

arsa mise 'is neònach an rud modh.' Togar an glaine agus òlar gach deur a bha ann. An uair a chunnaic mo dhuinneachan dearg so lìon e suas a rithist e, agus ma lìon, thràigh mise a h-uile diod g'a thoileachadh; ach an uair a mhothaich mi e dol g' a lìonadh an treas uair, cha mhòr nach do thionndaidh mo ghoile, 'An truaigh spread

tuille,' arsa mise, 'ma 's e do thoil e,' Shaoil mi gu 'n caillinn sealladh mo dhà shùl an uair a chunnaic mi gach fear agus té a bha an sin a' tumadh an làmhan anns na glaineachan agus 'gan glanadh aig bòrd na dìnnireach! 'Ma tà, ma tà, a Phàraig,' arsa mise, 'chan fhaca tusa riamh roimhe gus an diugh a leithid so de mhodh. Sin agad a Mhàiri mar a chaidh dhòmhsa 's an tigh-mhòr, 's tha mi coma gar an tig an latha a bhios mi rithist ann."

ALASDAIR SGIOBALTA, TAILLEAR LAG-AN-DROIGHINN.

Thachair do mhinisteir òg, aighearach a bhi cur seachad oidhche Gheamhraidh ann an Tigh-òsda Lag-an-droighinn. Cha robh a' bheag aige r'a dheanamh, 's bha e a' faireachdainn na h-ùine fada. Chuir e fios air fear an tigh-òsda dh' fheuchainn an robh duine tuigseach, cracairiche math, no fear a dh' ìnnseadh sgeulachd anns a' bhaile, a gheabhadh e a chur seachad an fheasgair leis. Thuirt fear an tighe gu 'n robh-an t-aon duine a b' fheàrr a dh' aithris naidheachdan, no a ghabhail òran na 'm b' éiginn e, eadar Maol-Chinntire agus Tigh-Iain-Ghròid-b' e sin Alasdair Sgiobalta, an tàilleair. Dh' iarr am ministeir air fios a chur air Alasdair ma ta; rud a rinn fear an tighe, 's cha d' fheith an tàilleair an dara cuireadh: is duilich leam gur iomadh uair a rachadh e an rathad ceudna gun chuireadh idir. Coma co dhiù, thàinig Alasdair 's chaidh a sheòladh do sheòmar a' mhinisteir. Chaidh am botul a thoirt air bonn agus làn slige a chur leth ri goile an tàilleair g' a chur air fonn seanachais, 's Moire! cha robh sin duilich! An taice nan sgeulachd chaidh an tàilleair. Bheireadh am ministeir dha an deàrrsach eile as a' bhotul,

[TD 21]

"eadar dhà naidheachd," mar their iad-'s faodar a bih cinnteach nach robh e deanamh dearmaid air fhéin 's a' cheart àm-gus mu dheireadh an d'fhàs an companas cho cridheil 's gu 'n robh aon air bith de'n dithis-gu sònraichte an tàilleair-deas air son gnìomh cuimsich sam bith. Mar bha 'n t-olc 's a' mhinisteir, ars' esan ri Alasdair, "Innsidh mi dhuit ciod e nì mi-bheir mi dhuit gini òir air na cùmhnantan so: gu 'n leum thu air d' ais 's air d' aghaidh thar na cathrach so fad leth-uair-gu riaghailteach, socair-ag glaodhaich am mach aig a' h-uile leum, 'Is mise Alasdair Sgiobalta, tàilleair Lag-an-droighinn'; ach ma bhruidhneas tu aon fhacal eile, no ma stadas tu de d' leum gus am bi an leth-uair thairis, caillidh tu do dhuais."

Chuir neònachas na tairgse a thug am ministeir dha, ioghnadh air an tàilleair, 's bha e tiota beag ann an ag am bu chòir dha aontachadh leatha, ach ars' esan ris fhéin, "Tarrainnidh mi snàthainn no dhà an Lag-an-droighinn m' an coisinn mi uiread; agus bidh latha 's bliadhna m' an tig a' cheart tairgse am charaibh a rithist-gabhaidh mi rithe." "Is bargan e," thuirt esan ris a' mhinisteir! "chan eil ann ach sinn fhéin, agus chan eil na cùmhnantan duilich a choilionadh;-is mairg a theirteadh Alasdair Sgiobalta rium mur leumainn fad leth-uair, no fad latha na 'm b' éiginn e, thairis air

cathair!—is iomadh leum a b' àirde, agus theagamh a b' amaidiche a thug mi air son duais a bu shuaraiche." Thug am ministear a mach 'uaireadair agus thilg an tàilleair dheth a chòta. Ag cur a laimhe air cùl na cathrach, thòisich e air leum, 's e gu farumach ag aithris nam facal a chaidh iarraidh air, "Is mise Alasdair Sgiobalta, tàilleair Lag-an-droighinn!" An déidh da so dol air aghaidh fad mu thuaiream chóig mionaidean, thug am ministear tarruing air a' chlag 's thàinig seirbhiseach a stigh.

"Ciod air an talamh a bu chiall duibh," thuirt am ministear, "a leithid so de dhuine cuthaich a chur a stigh leamsa? Nach do shaoil mi gu 'm bu duine tuigseach a bha ann; an ann toileach amadan a dheanamh dhìom a bha sibh?"

ALASDAIR.—"Is mise Alasdair Sgiobalta, tàilleair Lag-an-droighinn!"

[TD 22]

SEIRBHISEACH.—"Air chinnt, a mhinistear, chan eil fhios agam ciod a dh'fhairich e; chan fhaca mi riamh riomhe e dol air aghaidh mar so—Alasdair, Alasdair, ciod is ciall duit?"

ALASDAIR.—"Is mise Alasdair Sgiobalta," etc.

SEIRBHISEACH.—"Beannaich mise! Alasdair Thàilleir, cuimhnich c' àite bheil thu; nach eil meas agad air an duin'—uasal a chuir fios ort. C'arson a tha thu a' deanamh burraidh dhìot fhéin?"

ALASDAIR.—"Is mise Alasdair Sgiobalta," &c.

FEAR-AN-TIGHE (a' tighinn a stigh le cabhaig).—"Ciod an ainm an Fhreasdail a tha so?—tha an duine air mhearachinn—nach ann agad tha 'n dearg aghaidh a dhuine, dol a thoirt maslaidh do dhaoine'—uaisle ann am thigh—sa le leithid so de chluicheachd!"

ALASDAIR.—"Is mise Alasdair Sgiobalta," &c.

FEAR-AN-TIGHE (ri aon d' a sheirbhisich).—"Ruith air son a mhnatha, oir chan urrainn domh cur suas le so. A chàirdean, tha e soilleir gu bheil an duine air dearg lasair a' chuthaich; agus tha dòchas agam nach tig dì-meas air mo thigh an lorg a' ghnathaich so."

ALASDAIR.—"Is mise Alasdair Sgiobalta," &c.

BEAN ALASDAIR (a' ruith a stigh).—"O! Alasdair, Alasdair, ciod a thàinig ort? Nach aithne dhuit mise—do bhean féin?"

ALASDAIR.—"Is mise Alasdair Sgiobalta," &c.

BEAN ALASDAIR (ag caoineadh).—"Mur eil umhail agad dhòmhsa, cuimhnich air do leanaban aig an tigh, agus thig dhachaidh leam."

ALASDAIR.—"Is mise Alas—"

Cha b' urrainn d' a mhnaoi an gnothach a sheasamh na b' fhaide; leum i 's thilg i a làmhan m' a mhuineal, 's chroch i ris air a leithid de dhòigh 's nach robh comas aige air leum tuille a thoirt. Is ann an sin a bha a' ghleachd—esan an geall air a' ghini, 's a' feuchainn ri ise thilgeil deth; ach chunnaic e nach gabhadh so deanamh, 's gheill e dhi,

“Droch bhàs ort! òinseach gun tùr,” thuirt esan gu muladach; “cha do bhuidhinn mi riamh gini cho furasda na 'n leigeadh tusa leam.”

[TD 23]

Feumar ìnnseadh gu'n robh an t-òsdair mòran na bu toilichte leis a' mhìneachadh a chaidh a thoirt air a' chùis na bha bean an tàilllear. A chur saod air Alasdair bochd thug am ministear dha gu saor an gini a bu ghlé mhath a choisinn e.

AN CRANNCHUR.

<eng>(The Lottery).<gai>

O chionn mu thuaiream leth-chiad bliadhna bha seann duine, d' am b' ainm Dà'idh Sùlair, a chòmhnuidh faisg air baile-mòr àraidh. An uair a chìteadh a cheann liath, a cheum sgairteil, agus cho dìreach, brosglach 's bha e 'ga ghluasad féin, dh'aithnicheadh aon air bith gu'n do chuir e seachad cuid d' a bheatha anns an arm. Thuit Dà'idh, 'n uair a bha e 'n a dhuine òg, ann an tubaist air choreigin; b' eudar dha a' choimhearsnachd fhàgail; ghabh e 's an arm, agus glé ghoirid 'n a dhéidh sin sheòl e leis an réisimeid do dh'Innsean na h-Airde n-Iar. Chan fhada chuir e seachad an so an uair a thuit e ann am fiabhrus, agus chaidh a chur air ais do 'n rioghachd so. Air do 'n réisimeid d' am buineadh e tilleadh goirid as a dhéidh, chaidh a h-òrduchadh a mach do Chanada, far an d' fhuair Dà'idh bochd a mheileachadh leis an fhuachd, mar a bha e roimhe air a ròstadh leis an teas. Am feadh a bha e a' seirbhiseachadh ann an Canada, mar a bha am mi-fhortan, no ma dh' fhaidte, am fortan 's an dàn da, fhuair e leòn ann an aon d'a luirgnean; chaidh a chur mar sgaoil as an arm, pension a shuidheachadh air, agus a chur dhachaidh d'a dhùthaich féin a rithisd. A thuille air a' phension bha Dà'idh ag cur peighinn onoraich an dràst 's a rithist ann an rathad a mhnà, Peigi, le saothair a làmhan féin, oir bha e 'n a dhuine tùrail agus comasach air a làmh a thionndadh ri rud sam bith; chuireadh e slat ann an cliabh no cas am poit,—ann an aon fhacal cha mhòr a thigeadh ceàrr air.

Bha e, aon latha, a' dol air ais le sgàileagan sìoda a bha e an déidh a chàireadh do mhnaoi-uasail éigin, an uair chunnaic e sanas mor sgriobhte air a' bhalla-ag guidhe gu

[TD 24]

dùrachdach air gach aon a bha deònach air beairteas a dheanamh a dh'aona bheum, dol agus comhroinn a cheannach gun dàil ann an crannchur <eng>(lottery)<gai> a bha gu àite ghabhail an ceann beagan ùine anns a' bhaile-mhòr làmh riutha. Thug a chridhe leum, oir cha do leugh e ach goirid air aghaidh 'n uair a chunnaic e gu 'm faodadh neach, le fichead punnd Sasunnach a chur a stigh, fichead mìle punnd Sasunnach a bhuidhinn. Thog e air gu sùrdail, liubhair e an sgàileagan, agus thill e dhachaidh an deanna nam bonn a chur a chomhairle ri Peigi. Bha an t-seana chailleach bho chd cho bodhar 's gu 'n d' fheum e gladhaich 'n a cluais le uile neart.

"An cual' thu mu'n chrannchur mhòr a tha ri tachairt 's a' bhaile-mhòr ud thall? Air son fichead punnd Sasunnach faodaidh tu fichead mìle a bhuidhinn."

"Seadh, ach chan eil fichead punnd Sasunnach agadsa ri chur ann," ars' ise.

"Chan eil, ach tha e agadsa, agus is e an aon nì e, nach e?"

Cha do fhreagair Peigi car ghreis, agus an sin thuirt i gu ciùin gu 'm bu ni eile sin uile gu léir. Thug Dà'idh sùil aingidh oirre agus thuirt e, "Chan e ma tha mise cur romhan an cur a mach anns a' ghnothach so."

"Cha ni suarach fichead punnd Sasunnach," arsa Peigi, 's i crathadh a cinn; "is e so na tha againn anns an t-saoghal a bhàrr air do phension. Gabh mo chomhairle-sa a Dhà'idh Shùlair agus na bi ad amadan."

"Smaointich thusa air fichead mìle gini òir," arsa Dà'idh; "a leithid de luchd! nach be 'n càrn e! dh'fhaodamaid sinn féin fhalach ann." Cha robh Peigi ro chinnteach mu 'n chùis; bha i a lion beag is beag a' strìochdadh.

"Falbh agus cluinn ciod a their Seumas Mór uime," fhreagair i.

"Ciod am math dhomh dol an taobh a tha Seumas Mór ann an gnothach d' an t-seòrsa so," arsa Dà'idh. "Chan aithne dha nì mu thimchioll: cha do ghabh e cuid ann an crannchur riamh."

"Coma co dhiu, cha mhisd' thu a chomhairle; falbh gun dàil."

[TD 25]

"Tha mi toileach," arsa Dà'idh, 's e togail a chomhdach-cinn "ach cha mhór cudthrom a chomhairle. Ghabhadh e leth-chiad d' a leithid a chur iompaidd air seann saighdear."

B' e Seumas Mór a bu thuairnear agus a bu shaor anns an àite. Bha e 'n a dhuine fìor chrionnta, ghlic agus fo mhór mheas agus urram aig gach duine d' am b' aithne e.

Steòc Dà'idh Sùlair dìreach a suas a dh'ionnsaidh na beirt-thuairneir aig an robh Seumas ag obair. Bha e cho dil air ciod air bith a bha e ris 's an àm nach d' thug e an aire do Dhà'idh 'n a sheasamh làimh ris. Mu dheireadh, an uair a bha a shao air a bhi cho geal ri muilleir no ri fear a bhiodh a mach fo shneachd, leis na mionshliseagan agus an sadach a bha ag éirigh o'n bheirt, chuir e a làmh air guallainn Sheumais. Stad e d' a thuairneireachd agus chuir iad fàilte air a chéile.

"Tha toil agam do chomhairle a ghabhail," arsa Dà'idh. "Chual' thu iomradh, tha mi 'n dùil, mu 'n chrannachur mhòr so?"

"Chuala, chuala, ach ciod uime?"

"Tha thu cur a stigh fichead punnd Sasunnach agus a' buidhinn fichead mìle. An comhairlicheadh tu dhomh fheuchainn?"

"Air na cùmhnantan sin, comhairlicheadh, air a' h-uile cor."

"Gu 'n robh math agad, a Sheumais; bha fhios agam gu 'm b' e so a theireadh tu; labhair thu gu seadhail, ach chan éisdeadh Peigi."

"Stad ort, ged tha," arsa Seumas, "leig dhomh do thuigsinn gu ceart. Le fichead punnd Sasunnach a chur a stigh tha thu cinnteach air fichead mìle fhaighinn a mach?"

"Cha d' thubhairt mi gu'n robh mi cinnteach."

"O, tha teagamh 's a' ghnothach mata. Tha muinntir eile 's a' chùis cho math riutsa?"

"Chan eil mi cur ag, ach—"

"Cia meud, a bheil fhios agad?"

"Chan eil; cha d' fheòraich mi."

"'S cha mhò a ruigeas tu leas," fhreagair Seumas Mór gu dùrachdach. "Tha thusa a Dhà'idh Shùlair, ann ad

[TD 26]

dhuine bochd mar tha mi féin; chan eil e furasda dhuit fichead punnd Sasunnach a sheachnadh. Tha e fìor gu leòir gu 'm faod thu buidhinn; ach tha e móran na 's coltaiche gu 'm faodadh tu call. Dh' iarr thu mo chomhairle, agus fhuair thu i."

"Móran taing dhuit," arsa Dà'idh, 's e a' falbh; 's cha robh e idir toilichte.

Bha Dà'idh Sùlair ùine mhòir m' an do chuir e iompaigh air a mhnaoi chùiseil, 's m' an d' fhuair e gu 'n d' aontaich no gu 'n d' thug i gnùis do 'n gnothach; ach mu dheireadh, le argumaidean seòlta, chan

e mhàin gu 'n do dhearbhadh e dhi gu 'n robh an ceum a bha e cur roimhe ghabhail glic agus crionnta, ach bha a leithid de bhuaidh aige oirre 's gu 'n d' fhàs i deich uairean na bu déine mu 'n chùis na e féin. Thog i oirre suas an staidhir gun tuille dàlach, chuir i a làmh a suas an simileir as an d' thug i seann stocaidh dhubh far an robh fichead punnd Sasunnach am falach aice; chuir i an t-ìomlan gu toileach ann an laimh Dhà'idh, a dh' fhalbh, gun mhoille mionaide, 's a phàigh an t-airgiod do mhuinntir a' chrannchuir, bho 'n d' fhuair e air ais cairt bheag-cairt a bha ann an ùine ghoirid gu chur ann an seilbh air stòras mór.

"C' uin a tha an tarruing ri bhi?" dh' fheòraich Peigi.

"Seachdain o 'n Di-màirt so tighinn," arsa Dhà'idh.

"Seachdain o 'n Di-màirt so tighinn! Cha toigh leam sin; tachraidh e air Latha-gnothach-na-cuthaige."

"Sin agad a' cheart aobhar air son an do thagh iad an latha," fhreagair Dhà'idh 's e a' suathadh a làmhan; "cuiridh iad fear no dhà air gnothach-na-cuthaige."

Anns a' bhruidhinn a bh' ann, co thàinig a stigh ach Seumas Mór. Thàinig e a chur stad air Dhà'idh, 's a dh' earalachadh air gun e chur a chuid ann an rud a bha cho teagmhach agus a bha ag aobharachadh a leithid de sheanachas feadh a' bhaile.

"Tha 'n gnothach a nis deanta," arsa Dhà'idh "Seall!" 's thug e a' chairt as a phòca. Sheall Seumas oirre gu tàireil. "A bheil cuimhne agad air an t-sean-fhacal?" ars' esan.

"Chan eil, ciod e?"

"Is furasda an t-amadan 's a chuid a sgaradh o chéile," thuirt Seumas, 's thug e an dorus air.

[TD 27]

"Ciod e sud a thuirt e?" dh' fheòraich Peigi.

"Tha gu bheil sinn cinnteach duais mhór a bhuidhinn," fhreagair Dhà'idh Sùlair.

"Feumaidh sinn gach nì a chur fo uidheim ùir bho mhullach gu iochdar," thuirt Dhà'idh agus e 'n a shuidhe aig a shuipeir; "cha fhreagair na seana bhùird agus na cathraichean so dhuinn ann ar suidheachadh ùr agus eadar-dhealaichte. Gheabh sinn bùird agus cathraichean riomhach, ùra; sgàthain mhóra agus cuirteanan àillidh m' an cuairt nan uinneagan. Bithidh sinn réidh's càireadh mholtairean is phoitean 'n a dhéidh sin-agus air son geurachadh shiosar,—” Thug e breab do'n inneal-gheurachaidh a bha làimh ris mar a labhair e, 's chuir e le urchair a dh'oisinn eile 'n tighe e.

Chaidh seachduin seachad; thàinig an latha. Chuir Dà'idh e féin an òrdugh moch air maduinn a dhol do 'n bhaile-mhòr.

M' an d' fhalbh e thug a do Pheigi na seòlaidhean a leanas:-

"Ma théid cùisean mar a tha sùil agam, cha tig mi dhachaidh d' am chois, cuimhnich thusa. Thig mi dhachaidh ann an carbad. Bi thusa a' faireadh air mo shon aig uinneig uachdaraich, agus an uair a chì thu an carbad a' tighinn m'an cuairt an oisinn, tuigidh tu gu bheil mi dlùth. Togaidh tu 'n sin a suas an uinneag agus tilgidh tu a' h-ùile ball àirneis air am faigh thu greim a mach air an t-sràid; na caomhain sion; a mach leis gach stob dhi. Tha thu a' tuigsinn, a bheil? Beannachd leat, ma tà, gus an till mise." Thog Dà'idh Sùlair air, agus e 'n a bheachd féin cheana ann an seilbh air beairteas nach gabhadh tomhas.

Choisich Dà'idh Sùlair a stigh do 'n bhaile-mhòr le ceum aotrom saighdeir. Bha e ann an sùrd fuathasach; bha a cheann anns na neòil agus mar a bha e a' tartraich a sios an t-sràid bheireadh e bàrr a bhata a nuas le fead a bha cur teine as na clachan agus a' fàgail caoir de shradan as a dhéidh. Cha robh e ach goirid a' ruigheachd an ionaid anns an robh na croinn ri 'n tarruing. Bha dùmhladas mòr sluaigh air cruinneachadh cheana. Bha làn-aighear agus mire a' toirt mac-talla as na ballachan. Cha robh

[TD 28]

smuairean air aghaidh neach, oir cha do chaill duine aca fathasd air a' chrannchur.

"Ciod e aobhar an gàireachdaich?" arsa Dà'idh Sùlair ris fhéin; "am bheil sùil aca gu 'm buidhinn iad uile?" agus car tiota dh' éirich seòrsa de amharus 'n a inntinn mu a shoirbheachadh na 'n cailleadh e; ach thilg e dheth gach teagamh agus sheas e a dh'fheitheamh na crìch. Cha d' fheum e feitheamh fada. Thàinig balachan beag a stigh le cùirneachadh air a shùilean agus aon d' a làmhan ceangailte air a chùlaobh; chuir e a làmh lom ann an bocsa, thug e mach cairt agus shìn e do 'n chléireach i, a leugh a mach, a h-àireamh, an sin thog balachan air taobh eile an tighe cairt as a bhocsa féin agus shìn e i do chléireach eile, a ghlaodh a mach, "Falamh." Rinneadh so fichead uair, gus mu dheireadh, an d' thàinig dà chiad gu leth punnd Sasunnach air fear eigin. Thog iad iolach àrd 'n uair a chual iad so; ghlac a chàirdean air làimh an duine fortanach air an d' thàinig an dà chiad gu leth, ach shèap an dream aig an robh an cairtean "Falamh," as an rathad.

"Falamh, falamh, falamh, falamh; is i mo bharail gu bheil iad ach beag uile falamh," arsa Dà'idh ris fhéin; "chan eil so idir mar a shaoil mi; ciod a dheanainn na 'n tuiteadh do m' chairt féin a bhi falamh. Tha an t-àm agam a bhi ag gluasad a chòir an doruis."

"Falamh, falamh, falamh," leth-chiad uair eile as déidh a chéile, agus an sin, cóig ciad punnd Sasunnach do chuid-eigin. "Falbh,"

arsa Dà'idh "is fhiach sin rud-eiginn, ach is suarach e làmh ris na tha sùil agamsa fhaighinn. Ciod sud a chuala mi? 'S e sin an t-àireamh aig a' chairt agamsa, a dhaoine-uaisle, ma 's e ur toil e; is mise '77.'"—"Falamh" ars' an cléireach; agus thuit Dà'idh Sùlair bochd air a bheul 's air a shròin, mar gu 'n cuirteadh urchair ann. Shaoil iad uile gu 'n robh e glan mharbh, ach cha robh. Fhuair iad a mach c' àite an robh an duine bochd ag còmhnuidh; agus a thaobh gu'n robh e astar air falbh, thairg duin'-uasal a bha làthair a charbad féin gu coibhneil chum Dà'idh bochd a ghiùlan dachaidh. Chuir iad anns a' charbad e 's dh' fhalbh iad leis.

Bha Peigi fad uair an uaireadair a' freiceadan aig an uinneig. A chum is gu 'n rachaidh aice na b' fheàrr air

[TD 29]

òrduighean Dhà'idh a chur an gnìomh, fhuair i cuideachadh aon de na coimhearsnaich, chruinnich i gach stob àirneis a bha 's an tigh ann an aon seòmar-mullaich, agus bha i 'nis 'n a suidhe gu faidhidinneach a' feitheamh a' charbaid. Mu dheireadh, an uair nach mor nach robh i air toirt thairis, faicidh i an carbad a' tighinn m' an oisinn! A suas chaidh an uinneag ann an tiota, agus a sios chaidh an àirneis car ar char air an t-sràid gu h-iosal. Cathraichean, bùird, sgàthain, poitean, clobhachan 's gach nì air an ruigeadh làmh, a sios chaidh iad, muin air mhuin, 'n am mìrean air a' chabhsair. Bha seana bhodach a dol seachad aig an àm, 's dh' amhairc e suas dh' fheuch ciod a bu chiall do 'n fhrois eagalaich, ach bhuaill gob a' bhuilg-shéididh anns an t-sùil e, agus am feadh a bha e 'n a laighe a' sporathail thàinig ultach de shoithichean creatha nuas air a chaol-druim nach mor nach do bhris a chnaimh-droma. Ruith marsanta a mach as a bhùth air taobh eile na sráide 's e cumail a suas a làmh 's a' sméideadh ri Peigi sgur d' an obair sgriosaich, ach fhuair e strabhaileadh de chuinneig anns an smig a chuir car dheth anns an eabar. Leum am ministèir, duine mòr, sultmhor, 's e dol seachad, a nall a chur casg air a' bhristeadh uamhasach, 'n uair thàinig gùn drògaid leis a' chaillich a nuas thar a chinn, 's ghrad thug e chasan as le nàire. Fad na h-ùine so, agus ann am meadhan na h-aimhreite bha Dà'idh Sùlair, agus e nis air tighinn gu mhothachadh, 'n a sheasamh anns a' charbad ag glaodhaich àirde chinn 's a' sméideadh ri Peigi i a stad; ach shaoil ise gur ann a bha e ri iolach 's 'g a brosnachadh; chuir i roimhe nach biodh stob a stigh m' am biodh ùine aig Dà'idh air bhi nios an staidhir; agus gus an do leum e stigh mar dhuine air a' chuthach 's an do rug e air chaol dha dhùirn oirre, cha do thuig i ciod a bha e ag ciallachadh. Mu dheireadh dh' innis e 'n fhìrinn bhrònach dhi, 's shuidh iad le chéile a chaoidh an leir-sgrios a thug an gòraiche a nuas orra.

Am feadh a bha iad mar so a' tuireadh 's a' bròn an cor bochd, thàinig an duine coibhneil, cneasda sin, Seumas Mór, a stigh 'g am misneachadh. Cha d' thuirt e idir riutha mar a theireach cuid a dhaoine, "Nach d' thuirt mi ruibh; cha ghabhadh sibh mo chomhairle." Cha d' thuirt e ni d' a leithid, ach 'n uair a chunnaic e mar bha

[TD 30]

cùisean, dh' fhalbh e gun fhacal a ràdh, chuir e tional beag air chois, agus ann an latha no dhà thruis e mu thuaiream dà fhichead punnd Sasunnach a chuir Dà'idh Sùlair gu comhfhurtachail air a chasan a rithisd. Is ann mar so a bu chòir do dheagh choimhearsnaich deanamh r'a chéile. Cha do chuir Dà'idh Sùlair agus Peigi a bhean sgillinn gu bràth tuille ann an crannchur.—Mur do shiubhail iad uaith sin tha iad beò fhathast.

CIONTACH-ACH AIR MHISG.

Bho chionn mhòran bhliadhnachan, bha ann am Baile-nach-abair-mi breitheamh ainmeil agus ro ionnsaichte anns an lagh. Bha e fo mhór chliù air son tréibhdhreas agus ionracas a bheatha mar bhreitheamh; ach bha aon choire air. Bha e 'n a fhear-cuideachd cho math gu'n robh e ealamh gu bhi, a dh'aindeoin a ghliocas, air a bhuaireadh gu bhi leum gàradh-crìche na stuamachd—a dh'innseadh na firinn, bha e trom air an òl. Dh' fhaodteadh a bhi cinnteach, am feasgar roimh an latha air am bitheadh mòd ri bhi aige, agus 'n uair a thigeadh na sgaoimirean oga de luchd-lagha a b' àbhaist a bhi frithealadh na cùirte cruinn, dh' fhaodteadh, mar tha mi ag ràdh, a bhi làn chinnteach gu'n géilleadh am breitheamh còir do'n t-seana chleachdainn, agus gu 'm faighteadh e gu sòlasach, seasgair 'n a shuidhe ann an aon de sheòmraichean àrda an tigh-òsda a bha air taobh eile a' chnuic, mar gu 'm biodh rìgh ann, am meadhon sgaoth de mhuinntir nan gruaga geala.

Thachair da a bhi anns an t-suidheachadh so air feasgar Earraich, bliadhna de na bliadhnaichean. Bha e féin agus a' chòisir àluinn a bha leis an déidh suipeir ghreadhnach a chur thairis, agus iad a nis air tòiseachadh air òl agus air aighear.

"A dhaoin'-uaisle," ars' am breitheamh, "tha ùine mhór a nis bho nach robh gloine cridheil againn le chéile-òlamaid m' an cuairt deochslàinte an Rìgh,

'S gu 'n tuit an làmh bho 'n uilinn
De gach duine nì a diùltadh.'

[TD 31]

Tha uisge-beatha is feàrr agad an dràst na bha agad an uair mu dheireadh a choinnich sinn an so, a Dhòmhnuille-nan-siolachan," ars' esan, agus e a' tionndadh ris an òsdair: "an deoch a bha agad an oidhche sin cha tairginn do m' chù i!"

Mhol Dòmhnall an t-uisge-beatha, agus na thaice ghabh na feara. Cha ruigear a leas tòiseachadh air a chur an céill có ris a tha a leithid so a chòdhail ann an tigh-òsda dùthcha coltach-is leòir r'a

innseadh gu 'n do thog am breitheamh fiachail air, uair-eiginn mu mheadhon oidhche, a dheanamh a rathaid lùbaich dhachaidh mar a b'fheàrr a b' urrainn da. Ge ta, beagan m' an do thog e air, mar bha an t-olc anns na fir-lagh a bha 'n a chuideachd ciod a rinn iad ach, gun eagal binne no breitheamh, gu 'n do chàirich iad na bha de spàinean airgid air bòrd Dhòmhnuill-nan-siolachan, ann am pòca a' bhreitheamh.

Mu ochd uairean 's a' mhadainn an latha-ar-na-mhàireach dh' éirich mo laochan, ghlan e e-féin, ghabh e lòn-maidne agus chaidh e stigh d'a sheòmar g' a chur féin an uidheam air son dleasnasan an latha.

"Tha mi," ars' esan r' a mhnaoi, "ga m' fhaireachdainn móran na 's fheàrr na bha sùil agam an déidh ruiteireachd na h-oidhche raoir."

"O, dhuine," fhreagair ise, "is mithich dhuibh fàs glic agus sgur de 'n chleachdainn ghràineil so-tha an aois a' laighe oirbh."

"Is faoin duit a bhi bruidhinn," ars' am breitheamh, aig a' cheart àm ag cur a làimh ann am pòca a chòta-mhóir, an uair, ciod a b' iongantais leis na greim fhaighinn air làn an dusain de spàinean airgid Dhòmhnuill-nan-siolachan. Thilg e mach air an ùrlar iad. Le gnùis làn uamhainn agus nàire ghlaodh e-

"O Ealasaid!"

"Ciod air thalamh tha 'n sin, a bhreitheimh?"

"Am faic thu na spàinean sin?"

"An ainm an àigh c' àite 'n d' fhuair thu iad?"

"An d' fhuair mi iad! Nach eil thu a' faicinn ainm Dhòmhnuill-nan-siolachan orra? Ciod a th' agad air no dheth ach gu 'n do ghoid mi iad!"

"Ghoid thu iad!"

[TD 32]

"Ghoid, gun teagamh 's a bith!"

"A dhuine mo ghaoil, chan urrainn da sin a bhi!-co uaith?"

"Bho Dhòmhnull-nan-siolachan thall an sin; tha ainm orra."

"A Rìgh 's a Ridire! Ciod an aona bhuaireadh a thàinig ort?"

"Is furasda sin innseadh, mo chreach! bha an daorach orm an uair a thàinig mi dachaidh, nach robh?"

"Chan fhacas riamh air atharrachadh thu an uair a gheabh thu am measg nam fear-lagh sin."

“Ach an robh mi trom air mhisg?”

“Bha thu, gu dearbh.”

“An robh mi gu sònraichte air mhisg?”

“Bha thu cho làn ri buideal, agus cho stallachdach ri laogh-gogain.”

“Bha mi smaointeachadh sin”; ars’ am breitheamh ’s e tuiteam ’n a shuidhe ann an cathair, fo bhuaireas mór—“bha fhios agam gu ’n tigeadh e gu so air a’ cheann mu dheireadh. Bha mi riamh fo amharus gu’n tachradh breamas air chor-eiginn domh-gu ’n deanainn rud-eiginn ceàrr-gu ’n deanainn ciorram air cuid-eiginn na’n éireadh orm—ach cha do shaoil mi riamh gu ’m faicteadh an latha anns an tuitinn cho iosal ’s gu ’m bithinn ciontach de ghadaidheachd!”

“Ach chan eil fhios nach faod mearachd éiginn a bhi anns a’ ghnothach.”

“Chan eil, chan eil. Tha làn fhios agam ciamar thachair e. Tha an slaughtire sin, Dòmhnall-nan-siolachan a’ reic an aon uisge-beatha is truaillidh a dh’ òl mac duine riamh-uisge-beatha a bheireadh air duine gnìomh tàmailteach ’s a bith a dheanamh. Is fhada bho ’n thuirt mi gu ’n robh e truaillidh gu leòir a thoirt air duine goid, agus a nis tha dearbhadh agam air!” agus thòisich an seann duine bochd air sileadh nan deur.

“Na bi ann ad leanabh,” ars’ a bhean agus i a’ tioramachadh a dheòir; tog ort, glac misneach agus rach an taobh a tha Dòmhnall-nan-siolachan agus abair ris nach robh anns a’ ghnothach air fad ach feala-dhà. Rach agus fosgail am mod agus cha chluinn thu tuille uime.”

[TD 33]

Ghabh e comhairle a mhnatha, dh’ fhalbh e, ’s cha robh e duilich dha cùisean a chur ceart ri Dòmhnall-nan-siolachan-oir, chan e mhàin gu ’n robh cliù a’bhreitheimh, mar thigeadh d’ a leithid, os cionn amharuis, ach bha forais aig Dòmhnall mu ’n chleas a rinn na seòid air an oidhche roimhe. Ghabh am breitheamh àite-suidhe anns a’ mhòd; ach thug daoine an aire gu ’n robh inntinn an dràst ’s a rithist a’ seachran air falbh bho ’n chùis a bhiodh air a bheulaobh. Cha robh e idir cho deas agus cho soilleir ’n a bheachdan ’s a b’ àbhaist da.

An uair a bha obair a’ mhòid a’ tarraing gu crìch, chaidh duine uilc, aingidh coltas a thoirt m’ a choinnimh air son méirle. An uair a leugh cléireach na cùirte an sgriobhadh-casaid, chuir e a’ cheisd ris a’ chiomach bhochd—

“A bheil thu ciontach, no neo-chiontach?”

“Ciontach—ach air mhisg,” fhreagair am prìosanach.

“Ciod a tha e ag ràdh?” thuirt am breitheamh, ‘s e ‘na leth thura-chadal anns a’ chathair.

“Tha e ag aideachadh a chionta, ach tha e ag ràdh gu ‘n robh an daorach air,” fhreagair an cléireach.

“Ciod a tha sibh ag cur as leth an duine.”

“Tha méirle an-tromaichte.”

“Ciod mar thachair?”

“Ma ‘s e ur toil e,” ars’ am fear-casaid, “tha sinn ag cur as leth an duine so gu ‘n do ghoid e suim mhór airgid a tigh-òsda Dhòmhnuille-nan-siolachan.”

“Seadh, agus ciod a tha e ag ràdh?”

Tha e ag aideachadh a chionta, ach ag iarraidh gu ‘n gabhar a leisgeul a chionn gu ‘n robh an deoch air.”

Mhosgail am breitheamh a suas aig cluinntinn so.

“Ciontach-ach air mhisg! Is neònach an dòigh thagraidh sin. A dhuine òig, tha thu cinnteach gu ‘n robh thu air mhisg?”

“Tha, le ‘r cead.”

“Agus c’ àit’ an d’ fhuair thu an deoch?”

“Aig Dòmhnall-nan-siolachan.”

“An d’ fhuair thu deur aig duine sam bith eile?”

“Cha d’ fhuair diochd, le ‘r cead.”

“Ghabh thu an daorach air a chuid dibhe an toiseach, agus an sin ghoid thu a chuid airgid?”

“Direach sin, le ‘r cead.”

[TD 34]

“Fhir-chasaid,” ars’ am breitheamh, “dean de chomh-stath dhòmhsa a’ chasaid a tha agad an aghaidh an duine so a thoirt air a h-ais. Tha uisge-beatha Dhòmhnuille-nan-siolachan dona gu leòir gu thoirt air duine nì tàmailteach sam bith a dheanamh. Ghabh mi fhéin an daorach dheth an raoir, agus a bheil fhios agad gu ‘n do ghoid mi na bha de spàinean airgid air a’ bhòrd! Leigibh mar sgaoil an duine bochd so. Tha am mòd a nis thairis.”

MAR CHAIDH A CHIAD SIONNACH DO MHUILE.

Tha am bàrd ag iomradh air an àm anns an robh “Gàidhlig aig na h-eoin ’s a thuigeadh iad glòir nan dàn.” Is ann ’san àm ’s an robh Gàidhlig aig na sionnaich a dh’ fheumadh gu ’n do thachair an ni tha orm aithris an dràs. Co nach cuala mu sheòltachd nan sionnach, agus mu na cuir agus na cuilbheartan a chuireas iad an cleachdadh chum ruigheachd air am miann.

Bha sionnach slìogach, ruadh fad mhóran bhliadhnaichean a’ siubhal nan cnoc agus a’ taghal nan eas eadar an Rugha-breac agus Aird-nan-capull, anns an Eilean Shaoileach. Ged a bha e an làn bheachd gu’n robh a chòir air an fhearann cho math ris na còirichean aig Moraire Bhealaich, agus ged nach robh e a’ meas gu’n robh cionta no coire sam bith ann an cearc a thoirt an diugh as an Dunmhor, no uan am màireach á Cille-Bhrìghde, bha aon no dha anns an eilean nach robh d’an bharaile cheudna; agus eadar Dòmhnall-nan-sionnach le chuid abhagan, agus ciobairean nan tuathanach le’n coin-chaorach, cha robh a chaithe-beatha idir cho sìochail ’s a mhiannaicheadh e. Cha robh càrn no aite-falaich eadar Cùl-na-coille agus Sloc-an-eich-dhuinn nach b’aithne dha, ach an déidh a h-uile rud a bh’ann, is iomadh caol-theàrnadh a bha aige, air alt ’s mu dheireadh gu ’n d’ fhàs e gu tur sgìth d’a bheatha anns an eilean, agus chuir e roimhe, na’n gabhadh seòl no dòigh deanamh, gu ’n rachadh e thairis do’n Eilean Mhuileach a bha a’ sinneadh sìos m’a choinnimeh, ach a bha iomadh mìle uaith anns an àirde ’n iar. Tha e coltach gus

[TD 35]

an t-àm so nach robh sionnach ann am Muile, agus chan eil fhios agam an robh iarraidh air. Chan abair mi nach tugadh Alasdair Fliuch anns a’ Chrògan rud no dha na ’m b’ urrain da an cumail as gu buileach; agus tha mi cinnteach nach d’ thùg e maitheanas riamh do’n fheadhainn a chuidich ann a’ chiad fhear.

Cha mhor laithean air nach robh cuid no cuideiginn a nunn s’ a nall eadar Muile agus Saoil; bha malairt de sheòrsa no dha eadar an dà eilean. Bu mhath a chunnaic an sionnach so; ach cia mar bha e ri faighinn thairis do Mhuile, cha robh fios aige. Latha de na laithean agus e ga fhalach fhéin an an sloc os cionn cladaich Aird-nan-capull, an anail ’n a uchd, agus e an déidh a ruagadh le aon de choin a’ Chuirnbhàin, cha mhor nach robh e air bòidean a thoirt gu ’n leumadh e a mach anns a’ mhuir agus gu ’n cuireadh e as da féin, an uair a chunnaic e seòl geal bàta ag éirigh a mach bho chladach Mhuile, agus a reir coltais, a’ deanamh dìreach air a’ phort a bha aig a chasan. Na bu dlùithe agus na bu dlùithe thàinig am bàta, agus ceart mar a shaoil e bhuaill i air a’ chladach mar urchair cloiche do ’n aite anns an robh e ’ga fhalach fhéin. Bu mhath a dh’ aithnich e gu ’n robh aca ri tilleadh an rathad a thàinig iad, ach b’e an càs cia mar a rachadh aige air faighinn thar an aisig leò. Cha b’ fhada bha fear nan car ’s nan cleas ag amas air dòigh. Am feadh a bha na Muilich a’ deanamh an gnothaich, agus ag cur seachad beagan ùine as a dhéidh sin ann an Tigh-an-triubhais a’ feitheamh an t-siùil-mhara,

thàinig mo laochan a nuas, agus an déidh dha tumadh a thoirt anns an t-sàile, laigh e maol-marbh am measg na feamnach air an tràigh, goirid bho 'n àite anns an robh am bàta ceangailte aig na feara. An ceann greis thàinig na Muilich a nuas thun a' bhàta: leum iad uile a stigh ach am fear a bha ri a leigeil mar sgaoil; agus dìreach an uair a bha e dol ga fuasgladh faicidh e an sionnach 'na laighe, mar shaoil esan, 'na chlosaich mhairbh. "Fhir a th' ann," ars' esan, agus e ga thogail air chasan-deiridh, "nach ann ortsa a thàinig an dà latha an uair is ann am measg feamainn agus anabas a' chladaich a fhuair thu do leaba-bhàis! C' àite an robh do chuilbheartan agus do chleasan an latha a thàinig an càramh so ort? Co dhuibh a b' urchair no abhag a thug gus a' so thu? no an deachaidh do bhàthadh

[TD 36]

agus do thilgeadh a stigh an so air bhàrr nan tonn? Cha bu cheàrr a chaidh am port so ainmeachadh, 'Port-nam-méirleach,' ged nach biodh ann ach gu 'n d' fhuaradh do chlosach-sa air tìr ann. Ach tha do mhéirle thairis; cha ghoid thu cearc no caora tuille; bheir sinn leinn thu gu fearann a bha chuige so saor o d' sheòrsa, agus tha dòchas agam a bhios; lìonaidh sinn do chraicionn làn còlaich an àite sìthne mar b' àbhaist, agus cuiridh sinn ad sheasamh thu ad bhòcan a chumail nan cearc as a ghàradh." Le so a ràdh, thilg e an sionnach a stigh ann an toiseach na geola agus an ròpa-toisich air a mhuin, agus phut e air falbh i. Is iongantach mar chuireas rud faoin teangannan dhaoine air ghluasad, agus a chumas e aig aon nì iad fad ùine. Cha mhór gu 'n deachaidh facal a labhairt eadar Port-nam-méirleach agus Muile, ach mu shionnaich. Is ann an sin a bha na sgeulachdan m' an timchioll. Bha feadhainn 'gam moladh agus càch 'gan càineadh; agus sheinn fear diubh òran Dhonnachaidh Bhàin-

"Mo bheannachd aig na balgairean,
A chionn bhi sealg nan caorach!"

An uair a bhuail iad tìr rug fear dhiubh air an t-sionnach agus thilg e fad a laimhe air talamh tioram e. "So!" ars' esan—"a' chiad sionnach a bha riamh am Muile," "Agus tha dòchas agam gur e am fear mu dheireadh," bha fear eile dol a fhreagairt, an uair a chunnaic iad an sionnach còir a' toirt leum air a chasan, slàn, fallain. Thug e sùil thar a ghualainn; chaog e ris an fheadhainn a bha ga sheasamh anns a' bhàta mar gu 'n abradh e, "Gu robh math agaibh; cha chaill sibh air"; agus an sin sheall e gu geur air càch mar gu 'm biodh e a' bagar ciod a thachradh do na h-uain acasan an éirig an càinidh air-san; thug e crathadh air fhéin; bhog e earball 's thog e a chluasan. thàr e as ris a' bhruthach, agus chan fhac' iad riamh tuille e.

Sin mar fhuair a' chiad sionnach do Mhuile, agus cha robh Muile riamh as a dhéidh sin gun sionnaich gu leòir. Ma 's breug uam e is breug chugan e.

[TD 37]

DAMON AGUS PITIAS.

An uair a chaidh Damon a dhiteadh le Dionisius gu bhi air a chur gu bàs air latha àraidh, ghuidh e gu 'n tugteadh cead dha dol turas d'a dhùthaich féin a chum gnothaichean a theaghlach bhrònaich a chur an òrdugh. Chuir an t-uachdaran an-ìochdmhor roimhe so a dhiùltadh dha, le cead a thoirt da falbh air cumhnantan a mheas esan neo-chomasach a choimhlionadh; b'e sin gu 'm fàgadh e fear-eiginn mar urras gu 'n tilleadh e air an latha, agus mur tilleadh, gu 'n rachadh am fear-ionaid a chur gu bàs 'na àite. Chuala Pitias na cumhnantan cruaidh, agus cha d' fheith e gus an rachadh iarraidh air, ach 's ann a thairg e gun mhoille e féin mar urras air son a charaid; nì ris an do ghabhadh, agus chaidh Damon a ghrad chur mar sgaoil. Ghabh an rìgh agus a chuid comhairleach mór-ioghnadh ri gnìomh Phitiais; agus uime sin, an uair a bha latha na binne a' teachd dlùth, chaidh e air son annais a dh'fhaicinn Phitiais anns a' phrìosan. An déidh dhaibh a bhi ag còmhraidh car ùine mu chàirdeas agus mu dhìllseachd, thug an rìgh mar a bharrail gu 'm b'e an leas agus am math féin a chosnadh 's a chur air aghaidh an t-aon nì a bha ag gluasad dhaoine gu gnìomharan sam bith a dheanamh; agus air son subhailc, càirdeis, fiùghantachd, gràdh-dùthcha agus an leithidesin, thuirt e gu 'n robh e 'g am meas dìreach mar bhriathran air an tionnsgnadh le daoine seòlta a chum muinntir lag inntinneach a mhealladh. "Le cead ur mórachd," arsa Pitias, le gnùis fhilathail 's le guth ard, "b' fheàrr leam, na 'm bu chomasach e, mìle bàs fhulang, na gu 'n tigeadh mo charaid geàrr ann an aon lide d' a onair agus d' a fhìrinn. Cha dean e sin, mo thighearna; tha mi cho cinnteach as a dhìlseachd 's a tha mi gu bheil mi féin beò ann an so. Ach tha mi ag aslachadh air na diathan àrda gu 'n caomhain iad araon beatha agus tréibhdhireas mo charaid Damon. Eiribh 'n a aghaidh, a ghaothan na h-iarmailt, bacaibh déine agus braise a dhìchill chliùitich, agus na fuilingibh dha tilleadh gus an déidh dhòmhsa le m' bhàs a bheathanas a shaoradh-a bheathanas a tha mìle uair na 's luachmhoire na mo bheathanas; na 's luachmhoire d' a mhnaoi ghràdhaich, d' a leanabanan caomh, d' a chàirdean, agus d' a dhùthaich. Bu mhiosa

[TD 38]

leam gu mor na 'm bàs gu 'n tilleadh mo Dhamon caomh an àm gu fulang e féin." Bha Dionisius fo fhiamh agus air a lionadh le ioghnadh le uaisleachd nam briathar so, agus leis a' mhodh anns an do labhradh iad; mhothaich e a chridhe air a bhualadh le plathadh d' an fhìrinn; ach bu mhò bha de imcheist na de thaiseachadh 'n a inntinn uaibhrich. Thàinig an latha dòlasach. Chaidh Pitias a thoirt a mach, agus le freiceadan de shaighdearan air gach taobh dhe, choisich e le ceum aotrom, agus a ghnùis suidhichte, ach gun smuairean, a dh'ionnsaidh an àite anns an robh a' bhinn ri cur an gnìomh. Bha Dionisius cheana an sin 'n a shuidhe ann an carbad greadhnach, àrd, air a tharraing le sé eich. Bha a ghnùis fo throm smuain, agus a shùil a ghnàth air a' phrìosanach. Thàinig Pitias air aghaidh gu h-aotrom, iollagach, agus air dha seasamh car tiota ag amharc gun eagal, gun fhiamh air inneal a bhàis, thionndaidh a m' an cuairt

agus labhair e mar a leanas ris an t-sluagh: “Tha m’ ùrnaighean air an éisdeachd; tha na diathan fàbharach dhomh; tha fhios agaibh, mo chàirdean, gus an dé gu ’n robh a’ ghaoth an ceann aig Damon; cha b’ urrainn da tighinn—bha sin eucomasach da. Bidh e an so am màireach, ach bidh an fhuil a théid a dhortadh an diugh air a bheatha a chosnadh do m’ charaid. O, na ’m b’ urrainn domh gach amharus a dhubhadh a mach as bhur cridheachan, agus gach teagamh suarach a dh’ fhaodas a bhi ag éirigh annta mu thréibhdhireas an duine sin air son a bheil mi dol a dh’ fhulang, rachainn a dh’ionnsaidh mo bhàis cho togarach ’s a rachainn thun mo bhainnse. Fógahnadh e an dràsd gu ’m faighear mo charaid dìleas; gu bheil fhirinteachd gun mheang; gu ’n toir a gun dàil dearbhadh air sin; gu bheil e aig a’ cheart uair so a’ dian ghreasad air a shlighe, ’g a choireachadh féin agus nan siantan agus nan diathan—ach greasam gu bhi an toiseach air a luaths; a chrochadair, dean do dhleasnas.” Is gann a bha na facail mu dheireadh as a bheul an uair a chunnacas gluasad am measg iomail an t-sluaigh; chualas guth fad’ as, thog an sluagh na facail, agus, “Stad, stad, a chrochadair!” ghlaodh iad uile mach. Chunnacas duine tighinn ’n a dhian chabhaig; dh’ fhosgail an sluagh bealach réidh dha; bha e marcachd air steud—each a’ sruthadh le fallus agus geal le cobhar: ann an priobhadh na sùla bha e bhàrr an eich,

[TD 39]

leum e agus thilg e dhà laimh mu mhuineal Phitiais. “Tha do bheatha caomhainte,” ghlaodh e, “tha do bheatha caomhainte, mo charaid, mo charaid gràdhach! taing do na cumhachdan gu h-àrd, tha thu slàn; chan eil agamsa a nis r’ a dheanamh ach am bàs fhulang, agus tha mi air mo shaoradh bho dhoilgheas an agartais a bha mi a’ deanamh orm féin a chionn gu ’n do chuir mi ann an cunnart beatha a bha cho mór na bu luachmhoire na mo bheatha féin.” ’Na sheasamh gu glas-neulach, fuar ann an glacaibh Dhamoin, fhreagair, Pitias ann am briathran dubhach, “O, cabhag na truaighe! Déine na dunaich! Co na cumhachdan farmadach a chuidich leat anns an euchd mhi-fhortanaich so! Ach cha téid am aghaidh gu buileach; mur faod mi bàsachadh gu d’ shaoradh, cha bhi mi beò ad dhéidh.” Chuala Dionisius, is chunnaic, is thug e fa-near gach nì dhe so le iongantas ro mhor. Dhrùidh e air a chridhe, ghuil e, agus a’ fàgail a chathair-rioghail àird, chaidh e suas far an robh Damon agus Pitias. “Bithibh saor agus mairibh beò, a chàraid gun choimeas!” ars’ esan; “thug sibh dearbhadh do-àicheadh gu bheil fìrinn agus dìlseachd ann; agus tha an fhìrinn sin a’ foillseachadh gu bheil Dia ann nach leig gu ’n caill i a duais. Beatha shona agus cliù gu ’n robh agaibh; agus O, seòlaibh mi le ’r comhairlean, mar tha sibh ga m’ chuireadh le ’r n-eiseimpleir gu bhi airidh air co-phàirt de chàirdeas cho tréibhdhireach agus cho fìor.”

[TD 40]

CLAR AMAIS.

Para Piobaire: Naidheachd Eireannach, 1
Alnascar, 8

Am Buachaille-laogh agus am Ministeir, 10
Blar na Stairsnich, 11
Mairi agus an t-Admiral, 15
Turus Pharaig do'n Tigh-mhor, 17
Alasdair Sgiobalta, Taillear Lag-an-Droighinn, 20
An Crannchur, 23
Ciontach-ach air mhisg, 30
Mar chaidh a' chiad sionnach do Mhuile, 34
Damon agus Pitias, 37